

COMHAIRLE BAILE GHLASCHU

DREACH PLANA GÀIDHLIG

2023 gu 2028

Clàr-innse

1. Ro-ràdh
2. Gàidhlig ann an Glaschu
3. Comhairle Baile Ghlaschu
4. Prìomh Phrionnsapalan
5. Dealasan/Gealltanasan a' Phlana
6. Ceanglaichean gu an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta
7. Ceanglaichean gu frèaman ionadail is roinneil
8. Foillseachadh
9. Goireasachadh a' Phlana
10. Sgrùdadh a' Phlana
11. Dleastanasan a' Phlana Ghàidhlig
12. Eàrr-ràdhan

1. RO-RÀDH

ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe thèarainte fhaotainn don Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis a tha co-ionann ri Beurla.

Is e aon de phrìomh fheartan na h-Achd 2005, an solar a tha ga dhèanamh comasach do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarrasan ionadail plana Gàidhlig ullachadh. Chaidh an solar seo a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gum bi an roinn phoblach ann an Alba a' gabhail pàirt ann an cruthachadh àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe agus ìomhaigh na Gàidhlig agus a' cruthachadh chothroman feumail airson a cleachdadh.

GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Anns a' chunntas-sluaigh ann an 2011, b' e 87,100 an àireamh iomlan de dhaoine 3 bliadhna a dh'aois agus còrr aig an robh sgilean Gàidhlig (labhairt / leughadh / sgrìobhadh / tuigsinn Gàidhlig). Dhiubh sin, dh'ainmich 57,375 gur e luchd-labhairt Gàidhlig a bh' annta. B' e crìonadh beag a bha seo bho 2001 nuair a bha 58,652 de luchd-labhairt air an clàradh.

Nochd an cunntas-sluaigh ann an 2011 meudachadh de 10% ann an luchd-labhairt Gàidhlig fo 15 bliadhna a dh'aois, àireamh dheimhinneach airson Gàidhlig ath-bheothachadh. Tha sin, còmhla ris an àireamh mheudaichte ag ionnsachadh Gàidhlig, iartas airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus fàs ann an cleachdadh Gàidhlig sna roinnean cruthachail, uile nan adhbhar misneachaidh.

Phobraich foillseachadh air Gàidhlig air app Duolingo ann an 2020 cinn-naidheachd dheimhinneach, le còrr air 500,000 neach-ionnsachaidh air feadh an t-saoghail a' com-pàirteachadh ann. Tha seo co-ionann ri còrr air naoi tursan na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba. Mar fhreagairt do Covid-19, tha mòran sholaraichean an lùib stuthan ionnsachaidh Gàidhlig air an t-seirbheis aca atharrachadh gu lìbhrigeadh air-loidhne, a tha air tuilleadh chothroman



OFFICIAL

fhosgladh a-mach do dhaoine fa leth gus an cànan ionnsachadh.

Cha ghabh buaidh na Gàidhlig anns na h-ainmean-àite againn a dhol às àicheadh, agus tha [am mapa seo](#), air a thoirt gu buil le Bòrd na Gàidhlig agus Ainmean-Àite na h-Alba, a' togail air buaidh na Gàidhlig fad' is farsaing.

PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha Comhairle Baile Ghlaschu a' cur taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi "Gàidhlig air a cleachdadh nas trice le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsaing de shuidheachaidhean."

Tha sinn dealasach a thaobh an t-amas seo a choileanadh le bhith a' cuimseachadh air ar n-obair, leis na trì cinn seo: -

- **Meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar buidhinn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gu Gàidhlig a chleachdadh nas trice, nuair a bhios iad ag eadar-chonaltradh rinn.**
- **Meudachadh a' chothruim do dhaoine gu Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt de ar n-obrachaidhean bho latha gu latha.**
- **Adhartachadh ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig cho tric 's as urrainn dhuinn, mar phàirt de ar n-obrachaidhean mar bhuidheann.**

PLANA GÀIDHLIG COMHAIRLE BAILE GHLASCHU

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu, a tha air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an coileanadh ar dleastanasan, mar a chomasaicheas sinn cleachdadh air a' Ghàidhlig ann an conaltradh leis a' phoball agus le prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhios sinn ag adhartachadh agus a' leasachadh Gàidhlig.

Tha Plana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu air ullachadh ann an co-rèir ri slatan-tomhais reachdail mar a tha mìnichte ann an Achd 2005, le spèis ga thoirt do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Bho 2009, tha Comhairle Baile Ghlaschu dealasach a thaobh leasachadh na Gàidhlig tro fhoillseachadh agus libhrigeadh air Planaichean Gàidhlig. Tha trì Planaichean air an toirt gu buil gu ruige seo agus tha an ceathramh plana seo a' co-dhaingneachadh ar dealais a thaobh na Gàidhlig agus do a neartachadh taobh a-staigh na comhairle agus baile Ghlaschu.

AR N-AMAS DON GHÀIDHLIG ANN AN GLASCHU

Gàidhlig dhutsa, Gàidhlig do na h-uile!

OFFICIAL

OFFICIAL

Ro 2028, bidh Gàidhlig nas ruigsinnich, air a labhairt nas fharsainghe, nas fhaicsinnich agus air a comharrachadh ann an Glaschu barrachd na baile-mòr sam bith eile san t-saoghal.

Is e soirbheachadh:

- Barrachd dhaoine ag ionnsachadh agus a' cleachdadh a' chànain gu nàdarrach agus ann an dòigh nas misneachaile nam beatha làitheil.
- A' chomhairle, a com-pàirtichean agus luchd-ùidhe eile ag obair còmhla gus àrainneachd mhisneachail a chruthachadh agus bun-structar a leasachadh airson Gàidhlig a bhith soirbheachail.
- Spèis co-ionann ri Beurla a bhith aig Gàidhlig ann am planadh agus libhrigeadh air raon nas fharsainghe de sheirbheisean poblach is prìobhaideach.
- Gàidhlig a bhith aithnichte agus air a comharrachadh mar nuadh-chànan a tha fosgailte do na h-uile, air a cleachdadh gu h-àbhaisteach, chan ann dìreach ann am foghlam agus ionnsachadh, ach cuideachd ann an suidheachaidhean obrach is sòisealta eile.
- Atharrachadh adhartach a dhèanamh air barail dhaoine a tha gu làithreach neodrach no an aghaidh cleachdadh a' chànain.
- Meudachadh ann an goireasan air an riarachadh airson adhartachadh agus mothachadh don chànan.
- Tuigse mheudaichte agus neartachadh anns na ceanglaichean eachdraidheil a tha a' teannachadh Gàidhlig sa bhaile, anns na glinn, na h-eileanan agus thall-thairis.
- Buidhean na Gàidhlig a bhith air am beachdachadh gu co-ionann ann am planadh agus libhrigeadh sheirbheisean uile.
- Tabhartas na Gàidhlig a thaobh soirbheachadh oideachail, sòisealta, cultarach is eaconamach a' bhaile, a bhith air a thomhas, air fhoillseachadh agus air a chomharrachadh ann an aithisg coileanaidh bhliadnail na comhairle.
- Gàidhlig a bhith air a h-aithneachadh gu coitcheann mar sho-mhaoin gun choimeas agus na stiùiriche deimhinneach air adhartas agus soirbheachadh ann an Glaschu.

CO-CHONALTRADH AIR AN DREACH PLANA GÀIDHLIG

Bidh Comhairle Baile Ghlaschu a' sireadh bheachdan nan uile aig a bheil ùidh ann an leasachadh na Gàidhlig ann an Glaschu. Bidh an dreach Plana Gàidhlig 2023 gu 2028 air fhoillseachadh ann an Ionad Co-chomhairleachaidh na comhairle.

Tòisichidh an ùine co-chomhairleachaidh phoblach air Dihaoine 6mh Cèitean 2022 agus thig e gu crìch Dihaoine 22mh Iuchar 2022.

OFFICIAL

OFFICIAL

Thathar a' moladh fhreagairtean. Thèid beachdachadh orra uile agus fiosraichidh iad sin an ath ath-thriall den Phlana a chuirear a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta.

Faodar an co-chomhairleachadh (tionndaidhean Gàidhlig agus Beurla) fhaicinn an seo: <https://www.smartsurvey.co.uk/s/IV7350/>

Bidh an co-chomhairleachadh beò gu 5f air Dihaoine 22mh Iuchar 2022.

Thèid mion-sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean agus cleachdaidh sinn iad gu Dreach Plana ath-sgrùdaichte a thoirt gu buil airson aonta le Comataidh Rianachd a' Bhaile san Lùnastal no tràth san t-Sultain mus tèid Dreach Plana deireannach a chur gu Bòrd na Gàidhlig ro 24mh Sultain 2022.

2. GÀIDHLIG ANN AN GLASCHU

Is e Glaschu am baile-mòr as motha ann an Alba le àireamh-sluaigh a' fàs gu còrr air 633,000 neach-còmhnaidh. Bidh mòran mhiltean eile a' tadhal, ag obair agus an ceann gnothaich ann am meadhan na roinne eaconamaich as motha ann an Alba. Tha am baile na dhachaigh do thrì phrìomh oilthighean a thuilleadh air cuid de na buidhnean is ionadan spòrs agus cultarach as ainmeile ann an Alba. Taobh a-muigh Lunnainn, tha roinn nam bùithtean ann an Glaschu air thoiseach air càch san RA agus tha ceàrnaidh ionmhais a' bhaile a' cumail air adhart gu soirbheachail.

Am measg adhbharan cliù eile nach eilear a' cluinntinn, tha sgeul Gàidhlig ainmeil co-cheangailte ri Glaschu a tha air a bhith a' ruith tro eachdraidh a' bhaile bho àm nam meadhan-aoisean chun an latha an-diugh.

Ainmean-àite

Tha ceangal Ghlaschu ris a' Ghàidhlig a' dol air ais mìle bliadhna chun nan làithean nuair a bha an t-àite a tha aithnichte mar Glaschu, dùthchail sa mhòr-chuid, air a dhèanamh suas de thuathanasan agus dùthaich fhosgailte. Tha leabhar a tha ri teachd, *Ainmean-àite Gàidhlig Ghlaschu*, bhon acadaimigeach Alasdair C MacIlleBhàin aig Oilthigh Ghlaschu, còmhla ri a cho-oibrichean Cairìona Fhearsithe agus Sìm Mac an Tàilleir, na chunntas iongantach air a' bhuidhe a bha aig Gàidhlig air an sgìre a bha a' riochdachadh Ghlaschu.

B' e a' Ghàidhlig an cànan ceannasach inbheil ann an Glaschu bhon 9^{mh} linn ach thòisich sin ag atharrachadh a dh'ionnsaigh deireadh na 12^{mh} linne. Thug an Rìgh còir do na marsantaich aig an robh Beurla Ghallta, margaid a chumail gach seachdain mu thimcheall an tuineachaidh aig Àrd-Eaglais Ghlaschu. Ann an ùine ghoirid, thàinig Beurla Ghallta gu bhith co-cheangailte ri malairt agus foghlam agus thòisich a' Ghàidhlig a' call a h-inbhe. Ach, dh'fhuirich a' bhuidhe Ghàidhlig làidir ann an ainmean-àite agus chun an latha an-diugh tha an ceangal ri Gàidhlig follaiseach ann am mòran sgìrean.

OFFICIAL

OFFICIAL

Tha eisimpleirean lionmhor de dh'àiteachan le ainm Gàidhlig fhathast an làthair, a' gabhail a-steach iadsan a tha air an nochdadh sa [mhapa](#) seo de ainmean-àite Gàidhlig Ghlaschu bho [Ainmean Àite na h-Alba \(AÀA\)](#).



An latha an-diugh

Ged a tha Glaschu san latha an-diugh na àite glè eadar-dhealaichte bho àite sna meadhan-aoisean, tha a' choimhearsnachd Ghàidhlig nas làidire na bha i a-riamh agus a' leantainn oirre a' cur tabhartas gun choimeas ris an àite a tha aithnichte mar 'Baile Mòr nan Gàidheal'.

Is e Glaschu cridhe bhailteil na Gàidhlig agus luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba. Tha a' choimhearsnachd Ghàidhlig nas eadar-mheasgte agus nas in-ghabhalaich, agus beòthail is brosnachail. Tha an cànan a' soirbheachadh ann am foghlam, sna gnìomhachasan cruthachail, sna meadhanan, ealain, ceòl agus litreachas. Tha a' choimhearsnachd a' leantainn oirre a' fàs mar a tha barrachd is barrachd dhaoine fa leth a' tighinn air adhart gus cuideachadh leis a' chànan adhartachadh. Tha fàilte romhpa uile. Tha an t-iartas airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' leantainn air adhart agus a' fàs bliadhna an dèidh bliadhna; tha adhartachadh air a' chànan aig tachartasan ciùil mòr-sgèile leithid Celtic Connections, Piping Live agus Farpaisean Piobaireachd na Cruinne, cudromach; tha na ceudan a' clàradh air cùrsaichean coimhearsnachd airson ionnsachadh na Gàidhlig agus air cùrsaichean Gàidhlig aig ìre ceum sa bhaile.

Tha saoghal sòisealta na Gàidhlig na mheasgachadh de nuadh-aimsireil agus traidiseanta le ceòl Ceilteach a' dol bho neart gu neart. Chaidh fèisean cultarach

OFFICIAL

OFFICIAL

leithid Celtic Connections a chruthachadh bho fhreumhan Gàidhlig agus chuidich sin le saoghal ciùil fallain Gàidhlig a chruthachadh, làn de ghnìomhaichean brosnachail a tha cliùiteach gu h-eadar-nàiseanta.

Tha cruinneachaidhean is tachartasan traidiseanta a' leantainn air adhart tro na Comainn Ghàidhealach agus na còisirean mar na GGs (Comann Ciùil Gàidhlig Ghlaschu), a' chòisir Ghàidhlig as sine ann an Alba. Ann an 2019, thill am Mòd Nàiseanta Rìoghail a Ghlaschu gu sàr-chliù mar am Mòd a b' fheàrr a-riamh. Chuidich mu 12,000 neach-tadhail le timcheall air £4m de luach eaconamach a chur ris a' bhaile.

Sluagh-thomhas

Tha cunntas-sluaigh 2011 a' sealltainn gun robh cuid de chomas ann an Gàidhlig aig 9,469 dhaoine 3 bliadhna a dh'aois agus còrr, 1.7% de dh'àireamh-sluaigh a' bhaile. Bha a' mhòr-chuid dhiubh sin eadar 16-49 bliadhna a dh'aois, mar sin thathar a' sùileachadh gum meudaich an àireamh de luchd-labhairt. Bidh am fàs ann am foghlam agus ionnsachadh Gàidhlig sa choimhearsnachd, am meas air an app ionnsachaidh Gàidhlig bho Duolingo, soirbheachadh BBC ALBA, am prògram ionnsachaidh ùr, Speak Gaelic, agus ìrean meudaichte ann an ealain Ghàidhlig agus gnìomhachdan cultarach, a' cuideachadh le sgilean Gàidhlig a mheudachadh ann an Glaschu agus air a thaobh a-muigh.

Cunntas-sluaigh 2011	Comhairle Baile Ghlaschu	% Glaschu	% Alba
Le sgil Ghàidhlig sam bith (aois 3+) labhairt, leughadh, sgrìobhadh, tuigsinn	9,469	1.7	1.7
Daoine a bhruidhneas Gàidhlig	5,907	1.0	1.1
Aois dhaoine le sgil Ghàidhlig sam bith		% de dhaoine le sgilean Gàidhlig	
Aois 3-15	854	9.0	11.1
Aois 16-24	1,898	20.0	11.1
Aois 25-34	2,012	21.3	12.5
Aois 35-49	2,033	21.5	22.0
Aois 50-64	1,404	14.8	21.8
Aois 65+	1,268	13.4	21.5

Cunntas-sluaigh 2001	Comhairle Baile Ghlaschu	% atharrachadh bho 2011 ann an Glaschu	% atharrachadh bho 2011 ann an Alba
Le sgil Ghàidhlig sam bith (aois 3+) – labhairt, leughadh, sgrìobhadh, tuigsinn	9,941	-4.8	-5.8
Daoine a bhruidhneas Gàidhlig	5,731	+3.1	-1.8

3. COMHAIRLE BAILE GHLASCHU

Riaghladh poilitigeach

Tha Comhairle Baile Ghlaschu mar aon de 32 comhairle air feadh Alba. Coltach ri na h-ùghdarrasan ionadail uile, tha Glaschu air a riaghladh le buill air an taghadh gu h-ionadail a tha a' riochdachadh prìomhachasan gach sgìre agus ùidhean nas fharsainge a' bhaile. Gu làithreach, tha 84 buill thaghte (comhairlichean) ann an Glaschu, gach aon a' riochdachadh uàrd-taghaidh. Tha 23 uàrdan-taghaidh sa bhaile, gach aon dhiubh le 3 no 4 comhairlichean. Tha an cruth poilitigeach làithreach air a thaisbeanadh gu h-ìosal.

Pàrtaidh / Buidheann	Aireamh de bhuill thaghte
Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba (SNP)	35
Pàrtaidh Làbarach na h-Alba	29
Pàrtaidh Tòraidheach is Aonachdach na h-Alba	7
Pàrtaidh Uaine na h-Alba	6
Buidheann Chomhairlichean Neo-eisimeileach	3
Neo-eisimeilich	2
Pàrtaidh Alba	2
IOMLAN	84

Tha làn choinneamhan comhairle air an cumail gach mìos agus air an stiùireadh leis an Àrd-Phròbhaist. Tha buill bho gach buidheann poilitigeach an sàs ann an raon de Chomataidhean. Bidh stiùiriche na Comhairle a' gairm Comataidh Rianachd a' Bhaile. Tha iad air am fiosrachadh tro cho-dhùnaidhean a thathar a' gabhail le 28 Comataidhean Planaidh Coimhearsnachd; 23 prìomh Chomataidhean a' dèiligeadh ri Poileasaidh a' Bhaile, Sgrùdadh libhrigeadh is coileanadh, Tagraidhean Planaidh, Agaitean agus fuincseanan eile; agus 11 Cho-chomataidhean eile a bhios a' fiosrachadh obair fharsaing na comhairle do luchd-ùidhe air an taobh a-muigh.

Ceannardas Corporra

Tha uallach airson ceannardas corporra na comhairle a' laighe leis an Sgioba Stiùiridh Chorporra (CMT) againn. Air a stiùireadh leis an Àrd-Oifigear, Annemarie O'Donnell, tha an CMT air a dhèanamh suas de cheithir buill dheug sa bheil Stiùirichean Gnìomha, Àrd-Oifigearan Bhuidhnean aig Astar (ALEOan) agus Àrd-Chomhairlichean Ro-innleachdail bho air feadh teaghlach na comhairle air fad.

A' coinneachadh gach mìos, tha prìomh dhreuchd ceannardais aig an CMT againn agus a' chomhairle a chumadh agus a stiùireadh mu phrìomh dleasan ro-innleachdail is reachdail. Tha uallach orra cuideachd airson an luchd-obrach uile bho latha gu latha agus a bhith a' ruith buidseat na comhairle.

OFFICIAL

Tha timcheall air 33,000 neach-obrach (28,000 FTE) ag obair do Chomhairle Baile Ghlaschu agus buidhnean co-cheangailte mar Glaschu Beò. Is e a' chomhairle aon de na fastaichean as motha ann an Glaschu, le Buidseat Sheirbheisean de £1.665 billean, agus dreuchd ceannardais chudromach ann an adhartachadh agus leasachadh na Gàidhlig ann an Glaschu.

SEIRBHEISEAN GÀIDHLIG ANN AN COMHAIRLE BAILE GHLASCHU AGUS GLASCHU BEÒ

Tha seirbheisean a thaobh cànan is cultar na Gàidhlig air a bhith air an riarachadh le Comhairle Baile Ghlaschu agus a ro-theachdaiche, Comhairle Roinneil Shrath Chluaidh, airson còrr air 40 bliadhna. Tha a' chomhairle agus a Buidhnean aig Astar (ALEOan), gu h-àraid Glaschu Beò, air fàs ann an seirbheisean Gàidhlig a bhrosnachadh ann am foghlam, ionnsachadh inbheach, na h-ealain, leasachadh coimhearsnachd agus adhartachadh nas fharsainge air a' chànan sa bhaile còmhla ri buidhnean poblach is coimhearsnachd eile.

Foghlam

Tha Glaschu na dhachaigh don treas àireamh as motha de chlann agus dhaoine òga ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) ann an Alba. Ann an 2020, b' ann a-mhàin air a' Ghàidhealtachd (1,822) agus sna h-Eileanan an Iar (1,414) a bha na h-àireamhan a bha na bu mhotha na Glaschu (1,306).

Tha iarrtas airson GME air meudachadh bliadhna an dèidh bliadhna on a chaidh a' chiad aonad fhosgladh ann an Alba ann an 1985 ann am Bun-sgoil Sir John Maxwell ann an sgìre Pollokshaws. A-nis, tha trì sgoiltean-àraich againn, aon air àrainn GME Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu air Sràid Berkeley ann an Anderston, Lyoncross ann am Pollag agus Rowena ann an Knightswood, còmhla ri solar prìobhaideach aig Seudan Beaga agus Òganan. Eatarra, ann an 2021, sholaraidh iad ionnsachadh Gàidhlig tràth-bhliadhaichean do 159 neach-cloinne.

Tha a' chomhairle cuideachd a' stiùireadh trì Bun-sgoiltean, aon aig Sràid Berkeley, Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail ann am Pollokshields agus Bun-sgoil Ghàidhlig Bhaile a' Ghobhainn, far a bheil 781 neach-cloinne gu h-ìomlan air an teagasg; agus tha aon Àrd-Sgoil againn, cuideachd air Sràid Berkeley do 424 dhaoine òga eile.

Thathar an dùil ceathramh bun-sgoil GME fhosgladh ann an 2024 ann am Bun-sgoil Naomh Sheumais ann an taobh sear a' bhaile air an t-Sràid Uaine sa Challtainn. Tha còmhraidhean planaigh air tòiseachadh cuideachd a thaobh bun-sgoil GME eile air taobh siar a' bhaile, a' sùileachadh ris an àrainn làithreach air Sràid Berkeley a bhith ainmichte a-mhàin airson solar Àrd-Sgoile ro 2028. Tha fàilte bhlàth ron leudachadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) gu taobh sear a' bhaile, mar sin ma chumas an ùidh thràth seo air adhart gu clàraidhean tha coltas gum bi an sgoil ùr a cheart cho soirbheachail ris na sgoiltean GME eile.

Gheibhear tuilleadh dàta air rolaichean GME ann an Eàrr-ràdh 1.

Roinn an Àrd-Oifigeir

OFFICIAL

OFFICIAL

Tha a' ghnìomhachd riaghlaidh chorporra air a stiùireadh taobh a-staigh Roinn an Àrd-Oifigeir. Tha sin a' gabhail a-steach dà neach-obrach leasachaidh Gàidhlig, a bhios a' cuideachadh le seirbheisean Gàidhlig corporra agus roinnean eile a phlanadh, a libhrigeadh, a sgrùdadh agus ath-sgrùdadh. Tha Buidheann nan Oifigearan Gàidhlig (Buidheann Buileachaidh) air a ruith leis an Oifigear Leasachaidh Gàidhlig.

Tha buill a' gabhail a-steach co-obraichean bho Roinn an Àrd-Oifigeir, bho Sheirbheisean Foghlaim air a bheil uallach airson libhrigeadh is leasachadh GME, agus bho Ghlaschu Beò a tha a' solarachadh sheirbheisean Gàidhlig ann an ionnsachadh, na h-ealain, leabharlannan, taighean-tasgaidh agus spòrs. Tha uallach cuideachd air na roinnean agus na seirbheisean eile uile, gu taic a chur ri adhartachadh na Gàidhlig ach chan eil iad gu làithreach air an riochdachadh sa Bhuidheann Oifigearan.

Bha cuid de bhuidheann deimhinneach na Gàidhlig air an gabhail a-steach airson a' chiad uair, agus gu dà-chànanach, ann an aithisg coileanaidh bhliadhnail na comhairle.

- Dh'èirich an àireamh de chlann agus de dhaoine òga a tha clàraichte ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) ann an Glaschu bho 451 ann an 2009 gu còrr air 1300.
- Bidh sgoil-àraich com-pàirteachais ùr GME air a suidheachadh ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Bhaile a' Ghobhainn.
- Tha maoinachadh do cheathramh Bun-sgoil GME air fhaotainn, leis an fhosgladh air a phlanadh airson 2024/25.
- Thug Glaschu Beò agus Fèisean nan Gàidheal prògraman ionnsachaidh ùra Gàidhlig gu buil air-loidhne, fhad 's a tha iarrtas airson ionnsachadh Gàidhlig inbheach is coimhearsnachd aig Glaschu Beò a' cumail a' meudachadh.
- Nochd Gàidhlig ann am prògram Neach-ealain air Mhuinntearas nan Coimhearsnachdan Cruithachail, prògram Aye Write agus Celtic Connections.
- Chaidh a' chiad phrògram ionnsachaidh Gàidhlig a-riamh do dhaoine nas aosta a thoirt gu buil leis an iomairt shòisealta, Lingo Flamingo.

Ionnsachadh Gàidhlig is mothachadh don Ghàidhlig

Tha a' chomhairle dealasach a thaobh Gàidhlig adhartachadh air feadh a' bhaile agus a thaobh cluinntinneachd is faicsinneachd a' chànan ann an seirbheisean làitheil. Tha Stiùireadh Suaicheantas Corporra ùr teaghlach na comhairle 2020 a' dèiligeadh ri cuid den seo ann an earrann mu thagradh agus cleachdadh na Gàidhlig air feadh a' ghnòthachais againn. Tha an iùl a' mìneachadh mar agus nuair a bu chòir an luchd-obrach uile agus buill thaghte an cànan a chleachdadh nar gnìomhan bho latha gu latha.

Tha am Plana seo cuideachd a' dèiligeadh ri àireamh de dh'amasan/bhuilean sheirbheisean corporra eile co-cheangailte ri inbhe a' chànan, conaltradh leis a' phoball, fiosrachadh, luchd-obrach agus corpas na Gàidhlig. Chithear barrachd mion-fhiosrachaidh ann an Earrann 4 den Phlana seo.

Suirbhidh Sgilean Gàidhlig 2022

OFFICIAL

OFFICIAL

Is e prìomh eileamaid de phlana Gàidhlig, na sgilean Gàidhlig a tha an làthair taobh a-staigh buidhinn, a thuigsinn.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh gun coilean sinn in-sgrùdadh air comas Gàidhlig mar phàirt den ullachadh air plana Gàidhlig, gus am faod na gealltanasan sa phlana a bhith air am maidseadh ri sgilean a tha an làthair agus togail air far a bheil trusadh a bharrachd agus / no trèanadh a dhith.

Tha suirbhidh nan sgilean Gàidhlig 2022 ga cur an gnìomh gu làithreach agus bidh na toraidhean air an gabhail a-steach san dreach dheireannach den Phlana seo. Tha an t-suirbhidh a' toirt cothrom cuideachd air clàradh airson chlasaichean. Tha seiseanan ionnsachaidh is mothachaidh don Ghàidhlig air an tairgsinn do luchd-obrach na comhairle agus do bhuidhnean air astar uile.

Rannsachadh

Is e pàirt de raon-dleastanais sgioba leasachaidh na Gàidhlig, adhartas ath-sgrùdadh agus soirbheachadh adhartachadh. Thathar air a bhith den bheachd o chionn fhada gu bheil luach cudromach ann agus iarrtas airson seirbheisean Gàidhlig sa bhaile, ach cuideachd gu mì-fhortanach gun robh giorrad de fhianais mar thaic don mholadh sin.

Ann an 2021, thug Comhairle Baile Ghlaschu le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, coimiseanadh do dhà phrìomh sgrùdadh rannsachaidh. Bha aon gus luach eaconamach na Gàidhlig ann an Glaschu a thuairmseadh, agus cuideachd gus am fàs na cleachdadh a thaisbeanadh agus sealltainn mar a bha an cànan 's an cultar a' toirt buaidh air sunnd Ghlaschu. Chuir an dàrna sgrùdadh, còmhla ri Oilthigh Ghlaschu, romhpa iarrtas, cothroman agus prìomhachasan don Ghàidhlig sa choimhearsnachd, a chomharrachadh.

Eaconamach agus sunnd

Nochd rannsachadh 'An Eaconamaidh Ghàidhlig ann an Glaschu' gum faod còrr air 700 obair a rèir làn-ùine a bhith air an cur às leth Gàidhlig. Tha an 700 obair sin a' cur mu £21.6m gach bliadhna de chinneas làn-luach (GVA) ri eaconamaidh Ghlaschu. Tha foghlam agus ionnsachadh cunntachail airson na co-chuid as motha de dh'obraichean (58% den iomlan) air a leantainn le Gnìomhachasan Cruthachail (23%) agus an uair sin Turasachd agus Tachartasan (16%). Tha na Gnìomhachasan Cruthachail, gu h-àraid obraichean co-cheangailte ris na meadhanan, a' solarachadh ìre nas àirde de GVA agus cunntachail airson 56% den iomlan bhliadhnail de £21.6m. Tha a' bhuidhe eaconamach aig Gàidhlig air tachartasan leithid Celtic Connections, FilmG, Farpaisean Pìobaireachd na Cruinne agus Duaisean Gàidhlig na h-Alba timcheall air £7.2m sa bhliadhna.

Bha a' bhuidhe aig Gàidhlig air sunnd dhaoine fa leth làidir cuideachd. Bha luchd-freagairt a' faireachdainn gun robh Gàidhlig a' meudachadh na h-uail agus na h-ùidh ann an Alba agus nan coimhearsnachd ionadail, a' toirt dhaibh faireachdainn nas làidire de an fhèin-aithne fhèin, a' toirt feabhas air an slàinte inntinn is sunnd, meudachadh an toileachais agus am fèin-spèis / fèin-mhisneachd / fèin-luach,

OFFICIAL

OFFICIAL

meudachadh an com-pàirteachaidh ann an tachartasan cultarach agus a' neartachadh an cruthachalachd fa leth.

B' e na prìomh chùisean is mholaidhean:

1. Barrachd co-obrachaidh agus co-obrachadh nas fheàrr eadar buidhnean ann an Glaschu.
2. Gàidhlig a dhèanamh nas fhaicsinnich ann am beatha agus eaconamaidh Ghlaschu.
3. Taic a chur ri gnìomhadh agus cleachdadh na Gàidhlig ann an gnothachas, gnìomhachdan sòisealta is coimhearsnachd air feadh Ghlaschu.
4. Structar na margaid obrach Ghàidhlig agus fiosrachadh a leasachadh.
5. Ionnsachadh na Gàidhlig agus goireasan cànan is leasachadh adhartachadh.

Obair com-pàirteachais / Aon Ghlaschu

Ann am Plana Gàidhlig na comhairle 2018 gu 2022, chuir sinn romhainn modh-obrach com-pàirteachais Aon Ghlaschu a chleachdadh a thaobh leasachadh na Gàidhlig sa bhaile. Thug soirbheachadh Mòd Ghlaschu 2019 cothrom dhuinn am beachd sin a chur an cèill, agus ann an dèanamh sin cuideachadh le gealltanais dìleabach a libhrigeadh a thaobh àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig ann an Glaschu.

Chaidh buidheann stiùiridh Aon Ghlaschu a chur air bhonn agus chaidh oifigear fhasadh gus an obair a cho-òrdanachadh. Thàinig riochdairean bho bhuidhnean agus daoine fa leth le ùidh ro-innleachdail no obrachail ann an leasachadh na Gàidhlig sa bhaile.

B' e am prìomh ghnìomh a thàinig a-mach às a' bhuidheann sin, am pròiseact rannsachaidh coimhearsnachd 'Gàidhlig ann an Glaschu', air a stiùireadh leis a' chomhairle agus Oilthigh Ghlaschu às leth Aon Ghlaschu. Chuir sinn suirbhidh a-mach don choimhearsnachd fharsaing gus am prìomh dhraghan is phrìomhachasan sòisealta is coimhearsnachd a chomharrachadh. Nochd an sgrùdadh rannsachaidh a chaidh a chrìochnachadh o chionn ghoirid, àireamh de phrìomh chùisean, a' gabhail a-steach:

1. Dith chothroman air cleachdadh neo-fhoirmeil air a' Ghàidhlig.
2. Dith fharsaingeachdan / spàsan fiosaigeach airson gnìomhachdan Gàidhlig.
3. Feum air barrachd mothachaidh agus adhartachaidh air seirbheisean Gàidhlig.
4. Feum air barrachd faicsinneachd fhiosaigeach air a' Ghàidhlig ann an Glaschu.

A thuilleadh air na nithean sònraichte sin, bha conaltradh nas fheàrr eadar buidhnean agus a' choimhearsnachd ann am farsaingeachd, aig teis-mheadhan chùisean. Chuireadh taic ris an fheum air làrach-lìn agus sianalan mheadhanan sòisealta, barrachd susbaint air tachartasan Gàidhlig agus cothroman ionnsachaidh. Bidh oifigear Aon Ghlaschu agus buidheann com-pàirteachais de bhuidhnean agus dhaoine fa leth, a' beachdachadh air toraidhean an rannsachaidh uile agus cruthaichidh iad plana gnìomha. Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, Oilthigh Ghlaschu

OFFICIAL

OFFICIAL

agus com-pàirtichean eile Aon Ghlaschu, bidh Comhairle Baile Ghlaschu ag amas air taic a chur ri leasachadh Aon Ghlaschu tro bheatha a' Phlana seo.

Glaschu Beò – ionnsachadh, na h-ealain, taighean-tasgaidh, leabharlannan, spòrs agus tachartasan

Tha Glaschu Beò air a bhith na Bhuidheann aig Astar de Chomhairle Baile Ghlaschu on a chaidh a cho-cheangal ann an 2006. Tha dleastanas deatamach aige ann an leasachadh agus adhartachadh na Gàidhlig air feadh Ghlaschu. Tha luchd-obrach a' tabhann cothroman cudromach airson ionnsachadh Gàidhlig do dh'inbhich agus do dhaoine òga, co-obrachaidhean ealain Ghàidhlig tarsainn raon de chuspairean agus prìomh fhèisean, goireasan Gàidhlig ann an leabharlannan, taighean-tasgaidh agus spòrs. Tha an obair seo air a sgrùdadh le Fòram Gàidhlig a-staigh Ghlaschu Beò, a tha cuideachd a' biadhachadh a-steach do phrìomh Bhuidheann Buileachaidh Gàidhlig / Oifigearan na comhairle.

Tha mu mhìle neach air cothroman **ionnsachaidh Gàidhlig** a ghabhail os làimh aig Glaschu Beò thar nan còig bliadhna mu dheireadh.

Tha iad a' solarachadh ionnsachadh Gàidhlig do dh'inbhich, a' gabhail a-steach seiseanan seachdaineach den iomairt Speak Gaelic a tha air ùr thighinn an gnìomh, còmhla ri seiseanan còmhraidh agus taic a bharrachd, ag amas orrasan a tha airson an sgilean Gàidhlig a chleachdadh air-loidhne ann an suidheachadh saorsainneil neo-fhoirmeil. Tha Glaschu Beò cuideachd a' frithealadh a' ghinealaich as òige, le raon de sheiseanan Bookbug ag amas air aois 5 agus nas òige, còmhla ri Clann is Cluich do chlann aois bun-sgoile. Tha an t-seirbheis seo air leasachadh gu ionnsachadh air-loidhne mar fhreagairt do Covid-19, a' tarraing luchd-frithealaidh bho cho fada air falbh ris na Stàitean Aonaichte.

Tha soirbheachadh nan sgoiltean Gàidhlig air Glaschu Beò a chuideachadh gu ùidh nas fharsainge coimhearsnachd ann an ionnsachadh agus cultar na Gàidhlig, a leasachadh. Thathar an dòchas gum brosnach an sgoil ùr GME sa Challtinn luchd-ionnsachaidh ùr agus gum pìobraich e fiù ath-bheothachadh na Gàidhlig ann am pàirt den sgìre nàbaidheil ann am Baile na Drochaid. B' ann an seo a chaidh coimhearsnachd Ghàidhlig (ainmichte às dèidh Gleanna Garradh ann an Loch Abar, bho an deach am fuadach aig àm Fuadaichean na Gàidhealtachd) a stèidheachadh aig deireadh na 18^{mh} linne. A thuilleadh air a' chiad choimhearsnachd Chaitligeach bho àm an Ath-leasachaidh a chruthachadh ann an Glaschu, bha Gàidheil ùra Ghlaschu ainmeil airson an cuid obrach ann am factaraidhean cotain an neach-gnìomhachais, Daibhidh Dale, aig an robh seilbh cuideachd air muilnean ann an Lannraig Ùr.

Tha obair **Ealain Ghàidhlig** Ghlaschu Beò glè chudromach a thaobh leasachadh a' chànain. Is e an Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig 2018-2022 prìomh fhoillseachadh corporra a' bhuidhinn airson Gàidhlig sna h-ealain. Tha e a' mìneachadh àireamh de cothroman cruthachail an lùib thachartasan, pròiseactan, bùithtean-obrach, cothroman maoinachaidh agus com-pàirteachasan air feadh Ghlaschu agus air a thaobh a-muigh. Thug na còig amasan ro-innleachdail seachad frèam-obrach farsaing airson nan ealain Ghàidhlig a bhith soirbheachail ann an Glaschu. Bha iad a' gabhail a-steach prògram guireadair, GUIR (ann an com-pàirteachas le Theatar

OFFICIAL

OFFICIAL

Nàiseanta na h-Alba, Conservatoire Rìoghail na h-Alba agus Sabhal Mòr Ostaig); làrach-lìn glaschu.net ann an com-pàirteachas le Oilthigh Ghlaschu; co-labhairt chultarach bhliadhnail; cuimse air daoine òga suas gu aois 25; agus leasachadh susbaint Ghàidhlig ann am prìomh fhèisean is thachartasan, a' gabhail a-steach Celtic Connections, Aye Write, Fèis Bhaile nam Marsantach, Mela agus Glaschu Eadar-nàiseanta. Thèid an Ro-innleachd a leudachadh gu 2024 gus pròiseactan dìleabach bho Mhod 2019 a ghabhail a-steach, leasachadh a chur an gnìomh tarsainn iomairtean ealain air feadh a' bhaile agus tachartasan cultarach sa bhaile san àm ri teachd, ach bidh na raointean gnìomhachd coitcheann sin a' fuireach.

Tha sgiobaidhean **Taighean-tasgaidh is Leabharlannan Ghlaschu Beò** a' gabhail dreuchd nas gnìomhaiche ann an leasachadh agus adhartachadh na Gàidhlig, a' ruith thachartasan, bùithtean-obrach, taisbeanaidhean agus co-obrachadh leis a' choimhearsnachd fharsaing air pròiseactan co-cheangailte ri Gàidhlig. Tha iad cuideachd a' stiùireadh raon de chruinneachaidhean leabhraichean Gàidhlig agus goireasan taigh-tasgaidh, agus tha iad fìor mheasail air raon agus farsaingeachd an cruinneachaidhean is taisbeanaidhean Gàidhlig a leasachadh. Tha na planaichean teachdail sin ag iarraidh conaltradh nas motha le agus taic bho phàrantan is clann a tha a' frithealadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Tha **Gàidhlig tro Spòrs** a' brosnachadh cleachdadh agus leasachadh nas àirde air a' chànan agus 's e dòigh fhallain a th' ann air a bhith a' cur seachad ùine le caraidean agus teaghlach. Tha an leasachadh leantainneach air clubaichean iomain do gach aois, bun-sgoil, àrd-sgoil agus oilthigh, air a bhith na choileanadh ainmeil. Tha Glaschu Beò a' tabhann chùrsaichean ann am Beurla do phàrantan le Gàidhlig a tha a' tighinn air adhart gu saor-thoileach mar choidsichean spòrs, ach sa mhòr-chuid 's e pàrantan a tha buailteach a bhith a' stiùireadh air iomairtean Gàidhlig. Is e Spòrs Ghlaschu deagh eisimpleir, iomairt air a stiùireadh le pàrantan bho chiad Plana Gàidhlig 2009-12 na comhairle. Tha iad a' cuideachadh le Gàidhlig adhartachadh tro sheiseanan coidsidh is spòrs do chlann aois bun-sgoile, gu h-àraid aig Fèis Spòrs, latha spòrs bliadhnail air a chumail aig deireadh na bliadhna sgoile. Chuir Spòrs Ghlaschu air dòigh Latha Mòr Spòrs, latha ioma-spòrs a bha fìor thlachdmhor agus soirbheachail aig Cinn Chluaidh (Glasgow Green) aig àm Mòd Ghlaschu 2019, a bha air a fhrithealadh le mu 1000 neach de dh'inbhich is clann.

Solar Gàidhlig bho sholaraidhean eile ann an Glaschu agus sgìre a' bhaile

Tha na gnìomhachasan cruthachail nan roinn a tha fìor bheòthail a thaobh Gàidhlig ann an Glaschu. Tha MG ALBA, BBC ALBA agus àireamh mhòr de chompanaidhean mheadhanan neo-eisimeileach Gàidhlig stèidhichte ann an Glaschu, agus tha iad a' cur gu mòr ri obraichean agus luach eaconamach don bhaile. Tha foillseachadh corporra MG ALBA, "Lèirsinn: mapa slighe do na meadhanan Gàidhlig", a' soilleireachadh lèirsinn dheimhinneach agus dreuchd dheanamach do na meadhanan Gàidhlig. Tro BBC ALBA agus Radio nan Gàidheal, tha Gàidhlig ga toirt a-steach do dhachaighean dhaoine gach latha. Tha na seinneadairean, luchd-ciùil, sgrìobhadairean, luchd-ealain agus cleasaichean a tha stèidhichte ann an Glaschu, a' cur gu mòr ri iomadachd tàlaint agus sgilean san eaconamaidh ionadail.

OFFICIAL

OFFICIAL

Is e Comann nam Pàrant, Theatre gu Leòr, Comhairle nan Leabhraichean, Comann na Gàidhlig, An Lòchran agus Ceòl is Craic, dìreach sia de na buidhnean Gàidhlig a tha a' cur gu cudromach ri cruth-tìre chruthachail is chultarach Ghlaschu tro fhoghlam, dràma, litreachas agus òigridh. Bidh sinn ag amas air ar ceanglaichean a neartachadh leotha uile tro iomairtean mar Aon Ghlaschu.

Ann an roinn Foghlam Adhartach is Àrd-Ìre, tha Gàidhlig na cuspair ceum air a bheil meas aig Oilthigh Ghlaschu. Tha iad cuideachd a' tabhann sgeama còmhnaidheachd gun choimeas, Taigh na Gàidhlig, gus am bi cothrom aig oileanaich le Gàidhlig a bhith a' còmhnaidh còmhla air a' champas ann an àrainneachd Ghàidhlig tron bhliadhna acadaimigeach. Is e Oilthigh Shrath Chluaidh prìomh sholaraidhe na Gàidhlig agus foghlam thidsearan tro mheadhan na Gàidhlig agus tha Colaiste Cheilbhinn Ghlaschu cuideachd a' tabhann chùrsaichean do dh'inbhidh.

Tha Glaschu na dhachaigh do dh'àireamh de bhuidhnean san roinn phoblach le Plana Gàidhlig, leithid Foghlam Alba, Iomairt na h-Alba, Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA), Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Spòrs Alba, nam measg.

Ann an Sgìre Baile Ghlaschu, a thuilleadh air Comhairle Baile Ghlaschu, tha planaichean Gàidhlig aig seachd ùghdarrasan ionadail eile. Is iadsan: Comhairle Dhùn Bhreatainn an Ear, Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear, Comhairle Inbhir Chluaidh, Comhairle Lannraig a Tuath, Comhairle Lannraig a Deas, Comhairle Siorrachd Rinn Friù agus Comhairle Dhùn Bhreatainn an Iar.

4. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

Tha trì prìomh phrionnsapalan co-cheangailte ri Planaichean Gàidhlig uile. Tha iad cuideachd bunaiteach do mar a dh'fheumas Comhairle Baile Ghlaschu gnìomhadh a thaobh coileanadh agus libhrigeadh a' Phlana seo.

- **Spèis co-ionann**

Fo chumhaichean Achd 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag obrachadh le amas air tèarainteachd do dh'inbhe na Gàidhlig fhaotainn mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla, agus a thaobh sin tha am Bòrd a' dùileachadh gun taisbean ùghdarrasan ionadail anns na planaichean aca mar a thèid am prionnsapal a choileanadh agus a chumail suas ann an da-rìribh.

Bidh Comhairle Baile Ghlaschu a' dèanamh cinnteach far a bheil Gàidhlig air a gabhail a-steach mar phàirt de ar n-obrachaidhean agus ar seirbheisean, gum bi iad de dh'ìre agus de chàileachd co-ionann riuthasan a tha sinn a' solarachadh ann am Beurla.

- **Tairgse ghnìomhach**

Bheir Comhairle Baile Ghlaschu tairgse ghnìomhach air ar seirbheisean Gàidhlig do ar cosnaichean agus don phoball. Bidh seo a' dèanamh cinnteach far a bheil

OFFICIAL

OFFICIAL

seirbheisean Gàidhlig air an tairgsinn, gu bheil luchd-cleachdaidh Gàidhlig gan dèanamh mothachail gu bheil iad rim faotainn agus gam brosnachadh gu gnìomhach air an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bho gach neach fa leth gus an t-seirbheis iarraidh, agus bheir e misneachd do luchd-cleachdaidh Gàidhlig a bhith cinnteach gum bi am feumalachdan air an coileanadh mas e sin an roghainn.

Bidh Comhairle Baile Ghlaschu a' dèanamh cinnteach gu bheil ar seirbheisean Gàidhlig cho furasta am faighinn ri ar seirbheisean Beurla.

- **Prìomh-shruthadh**

Bidh Comhairle Baile Ghlaschu a' dèanamh cinnteach gum bi cothroman don phoball agus do ar luchd-obrach a thaobh Gàidhlig a chleachdadh, air an àbhaisteachadh mar thaic do dh'amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi Gàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsaingeach de shuidheachaidhean.

5. DEALASAN A' PHLANA

5.1. AMASAN ÀRD-ÌREIL

Dh'aontaich Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle Baile Ghlaschu riutha sin gu foirmeil san Dùbhlachd 2021.

Tha iad sin a' co-thaobhadh leis na trì amasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23:

- Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig
- Meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig
- Adhartachd ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig

Is e an t-adhbhar, dèanamh cinnteach gum meudaich Comhairle Baile Ghlaschu cleachdadh, ionnsachadh, adhartachadh agus mothachadh na Gàidhlig taobh a-staigh gach sgioba agus roinn Seirbheis de Chomhairle Baile Ghlaschu, Glaschu Beò agus companaidhean eile de Theaghlach Ghlaschu, agus gum bi teachdaichean le Gàidhlig air am meas agus air am frithealadh ann am planadh agus libhrigeadh air gnìomhachd làitheil, pròiseactan, toraidhean agus seirbheisean.

Tha na h-Amasan Àrd-Ìreil a' cumadh an structair don phlana againn. Tha na clàran gu h-ìosal a' taisbeanadh nam prìomh ghnìomhan a tha air an comharrachadh airson libhrigeadh mu choinneamh gach aon dhiubh.

OFFICIAL

MEUDACHADH CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
Amas Ard-Ìreil: Brosnachadh cleachdadh air Cleachdi, iomairt Bhòrd na Gàidhlig gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice nar beatha làitheil, le luchd-obrach anns gach raon Seirbheis de Chomhairle Baile Ghlaschu agus Glaschu Beò.				
Cleachdadh nas fharsainge air Gàidhlig sa bheatha làitheil de gach Seirbheis agus Glaschu Beò.	Cleachdadh saor-thoileach ann an litrichean agus aig coinneamhan sa bheil luchd-obrach Gàidhlig. Tha cothroman air Gàidhlig ionnsachadh rim faotainn ach chan eil cùrsa trèanaidh no iomairt eagraichte leithid Cleachdi, airson cleachdadh na Gàidhlig àbhaisteachadh sa bheatha làitheil aig oifigearan no buill thaghte, a bhrosnachadh.	Iomairt adhartachaidh a-staigh eagrachadh gus mothachadh luchd-obrach don Ghàidhlig san fharsaingeachd a thogail, agus gu sònraichte mar a bhiodh caitheamh air Cleachdi na bhuannachd. Susbaint bhidio a thoirt gu buil air-loidhne gus cleachdadh air stuthan Cleachdi nar gnothaich làitheil a thaisbeanadh.	Plana ann an C3 agus C4 (2022) airson lìbhrigeadh bho C1 (2023).	Roinn an Àrd-Oifigeir (Ceannard Chonaltraidhean is Chom-pàirteachasan Ro-innleachdail agus sgioba Leasachaidh na Gàidhlig), Seirbheisean uile, Glaschu Beò (Margaideachd is Conaltradh).

OFFICIAL

MEUDACHADH IONNSACHADH AIR GÀIDHLIG				
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
<p>Amas Àrd-Ìreil: Leantainn air adhart le dleastanas a ghabhail os làimh fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 gu adhartachadh is taic mar a bhios iomchaidh a thoirt don chomas air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh do luchd-còmhnaidh Comhairle Baile Ghlaschu.</p>				
Leantainn air adhart a' solarachadh Foghlam àrd-chàileachdail tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (GLE) a leudachadh.	GME stèidhichte le Ionnsachadh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS) ann an àireamh de sgoiltean.	Ath-sgrùdadh leantainneach air GME. Leudachadh air GLE le àireamhan meudaichte de thidsearan air an trèanadh ann an GLPS agus Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, air a thairgsinn mar chuspair ann am Foghlam Farsaing Coitcheann (BGE/Ìre as àirde) ann an seisean 23/24 (tidsearan gu làithreach a' dèanamh ATQ – 22-24).	GME leantainneach. GLE – Seisean 22/23, 23/24.	Seirbheisean Foghlaim.
<p>Amas Àrd-Ìreil : Leantainn a' leudachadh ar solair Thràth-Bhliadhnaichean tro Mheadhan na Gàidhlig gus eòlas ionnsachaidh adhartach Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 3-18 a libhrigeadh, le seirbheisean co-cheangailte aig gach ìre.</p>				
Leudachadh ìrean seirbheis làithreach gus	1 x clas sgoil-àraich GME.	Luchd-obrach meudaichte gus solar	Leantainneach	Seirbheisean Foghlaim

OFFICIAL

OFFICIAL

1140 a lìbhrigeadh ann an Gàidhlig sna tràth-bhliadhnaichean.	2 x sholar GME taobh a-staigh sgoil-àraich Foghlam tro Mheadhan na Beurla (EME).	àrd-chàileachdail GME a chumail suas agus solar meudaichte.		
MEUDACHADH IONNSACHADH AIR GÀIDHLIG (leantainn)				
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
Amas Àrd-ìreil: Fosgladh 4mh bun-sgoil Ghàidhlig ann an Glaschu.				
Bun-sgoil ùr GME air Làrach Naoimh Sheumais (Calltainn) ann an 2024.	Gluaisidh an ath-sgoil aig Taobh Cheilbhinn a Tuath do chlann taobh a-staigh na sgìre-sgoile ùir, san Lùnastal 2022.	Conaltradh leantainneach le luchd-obrach, pàrantan, luchd-cùraim agus a' choimhearsnachd.	2024	Seirbheisean Foghlaim
Amas Àrd-ìreil: Leantainn a' leasachadh phlanaichean airson leudachadh air solar foghlaim bun-sgoile agus àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig ann an Glaschu.				
Planaichean ro-innleachdail air an cumadh gus cunntas a ghabhail air leudachadh anns gach roinn.	2022: Chan eil leudachadh comasach mar thoradh air àite fiosaigeach agus feumalachdan luchd-obrach.	Làrach ùr a dhìth don Bhun-sgoil a tha gu làithreach aig Sràid Berkley.	Leantainneach	Seirbheisean Foghlaim

OFFICIAL

OFFICIAL

Amas Àrd-ìreil: Neartachadh shlighean ionnsachaidh agus com-pàirteachasan coimhearsnachd Ghàidhlig				
Slighean air an stèidheachadh do luchd-ionnsachaidh inbheach, air an leasachadh ann an co-bhonn le buill Aon Ghlaschu.	Lìbhrigeadh tron Fhòram Ionnsachaidh Inbheach Gàidhlig.	Frithealadh choinneamhan Aon Ghlaschu. Mion-sgrùdadh air ionnsachadh Gàidhlig làithreach taobh a-staigh Ghlaschu. Stèidheachadh shlighean ionnsachaidh. Adhartachadh Speak Gaelic.	Leantainneach	Glaschu Beò (Co-òrdanaiche Ionnsachadh Gàidhlig).

ADHARTACHADH ÌOMHAIGH DHEIMHINNEACH DON GHÀIDHLIG				
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
Amas Àrd-ìreil Stèidheachadh agus cumail suas buidheann buileachaidh plana Gàidhlig le riochdachadh bho roinnean na Comhairle uile.				
Riochdachadh meudaichte tarsainn Sheirbheisean ALEOan uile.	Chaidh ar Buidheann Oifigearan Gàidhlig a stèidheachadh ann an 2010, agus tha e a' leantainn a' coimhead thairis air	Gach Seirbheis ri gaisgeach na Gàidhlig ainmeachadh gus a bhith na bhall de Bhuidheann nan Oifigearan Gàidhlig	Ro C4 de 2022-23.	Roinn an Àrd-Oifigeir (sgioba Leasachaidh na Gàidhlig).

OFFICIAL

OFFICIAL

	lìbhrigeadh Phlanaichean Gàidhlig.	(Buidheann Buileachaidh a' Phlana Ghàidhlig) agus raon-dleastanais is amasan a' Bhuidhinn a leudachadh.		
Aithne mheudaichte do luach agus buaidh obraichean Gàidhlig agus inbheisteadh sa bhaile.	Sgrùdadh rannsachaidh crìochnaichte.	Buileachadh mholaidhean an Eaconamaidh Ghàidhlig ann an aithisg Ghlaschu. Stèidheachadh buidheann-obrach tar-roinneil air eaconamaidh na Gàidhlig, ag amas air obraichean Gàidhlig agus inbheisteadh ann an Glaschu, a mheudachadh.	Leantainneach	Roinn an Àrd-Oifigeir (sgìoba Leasachaidh na Gàidhlig, sgìoba Leasachaidh Eaconamach), Seòmraichean Malairt Ghlaschu, Iomairt na h-Alba, Leasachadh Sgìlean na h-Alba.
Conaltradh meudaichte le daoine òga agus teaghlaichean.	Oifigeir Òigridh air fhadhadh le Comann na Gàidhlig agus Oifigeir Teaghlaich air fhadhadh le Comhairle Baile Ghlaschu (Seirbheisean Foghlaim) Tachartasan eagraichte le Spòrs Ghlaschu agus Fèis Ghlaschu.	Stèidheachadh Fòram Òigridh Gàidhlig agus buidheann seann-sgoilearan Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Cur Fèis ùr Ghàidhlig air bhonn do theaghlaichean (a' toirt a-steach ealain, ceòl, spòrs, is eile).	Leantainneach	Seirbheisean uile, Glaschu Beò, Comann na Gàidhlig. Buidhnean phàrantan, Seirbheisean uile, Glaschu Beò, buidhnean coimhearsnachd.
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
Aithne mheudaichte air feadh a' bhaile	Duaisean Bliadhna na Gàidhlig agus Duaisean	Stèidheachadh càrn / comharra-tìre / carragh-	Leantainneach	Roinn an Àrd-Oifigeir (sgìoba Leasachaidh na

OFFICIAL

OFFICIAL

air tabhartas eachdraidheil is làithreach na coimhearsnachd Ghàidhlig ann an Glaschu.	FilmG air aoigheachd sa bhaile.	cuimhne Gàidhlig air làrach fhaicsinneach sa bhaile, mar aithne don eachdraidh agus euchdan nan Gàidheal agus na Gàidhlig ann an Glaschu.		Gàidhlig), a' choimhearsnachd Ghàidhlig, a' choimhearsnachd Gnothachais, Aon Ghlaschu.
Ceanglaichean air an neartachadh gu oilthighean a' bhaile.	Ceanglaichean obrach fìor mhath le Oilthigh Ghlaschu (rannsachadh coimhearsnachd) agus le Srath Chluaidh (foghlam thidsearan)	Meudachadh co-obrachadh le Oilthighean Ghlaschu agus Shrath Chluaidh a thaobh rannsachadh ùr agus leasachadh foghlam Gàidhlig.	Leantainneach	Roinn an Àrd-Oifigeir (sgìoba Leasachaidh na Gàidhlig), Seirbheisean Foghlaim.
Obair leasaichte eadar ùghdarrasan ionadail aig a bheil Plana Gàidhlig.	Beagan co-obrachaidh ann am foghlam agus leasachaidhean ionnsachaidh.	Stèidheachadh Buidheann Plana Gàidhlig Sgìre a' Bhaile le riochdairean bho ùghdarrasan ionadail na sgìre agus buidhnean poblach eile le Plana Gàidhlig.	Leantainneach	Roinn an Àrd-Oifigeir (sgìoba Leasachaidh na Gàidhlig).

OFFICIAL

OFFICIAL

ADHARTACHADH ÌOMHAIGH DHEIMHINNEACH DON GHÀIDHLIG (leantainn)				
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
<p>Amas Àrd-Ìreil : Obair le com-pàirtichean Aon Ghlaschu gus cànan is cultar na Gàidhlig adhartachadh do luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail.</p>				
<p>Co-obrachadh ro-innleachdail leasaichte agus libhrigeadh co-roinnte air gnìomhan prìomhachais, a' toirt a-steach bhuidhnean com-pàirteachaidh Gàidhlig uile sa bhaile.</p>	<p>Buidheann Aon Ghlaschu air a stèidheachadh, agus aig an Oifigeir ris a' bhuidheann com-pàirteachais a leasachadh barrachd. Rannsachadh coimhearsnachd crìochnaichte.</p>	<p>Buidheann Aon Ghlaschu ri toraidhean rannsachaidh coimhearsnachd 2021 ath-sgrùdadh, agus plana libhrigidh mionaideach a thoirt gu buil de ghnìomhan prìomhachais is mholaidean.</p> <p>Stèidheachadh agus cumail suas bhuidhnean libhrigidh cuspaireil.</p> <p>Cumail sùil air agus ath-sgrùdadh libhrigeadh air adhartas gach sia mìosan.</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir (sgìoba Leasachaidh na Gàidhlig).</p>
<p>Conaltradh meudaichte sa choimhearsnachd Ghàidhlig fharsaing.</p>	<p>Beagan conaltraidh ann an tachartasan ach nas lugha ann an leasachadh Gàidhlig nas fharsaing.</p>	<p>Ath-stèidheachadh Fòram na Coimhearsnachd Ghàidhlig.</p>	<p>Leantainneach</p>	

OFFICIAL

OFFICIAL

Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
Ceanglaichean leasaichte agus co-obrachaidhean baile le coimhearsnachdan cànanin dùthchasach gu h-eadar-nàiseanta.	Ceanglaichean tro Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba gu buidhnean cànanin nàiseanta sa Chuimrigh agus Èirinn.	Cruthachadh cheanglaichean ùra agus comharrachadh eisimpleirean de dheagh chleachdadh ann am planadh cànanin dùthchasach agus leasachadh cànanin ann am bailtean-mòra air feadh an t-saoghail.	Leantainneach	Roinn an Àrd-Oifigeir (sgioba Leasachaidh na Gàidhlig). (sgioba Leasachaidh na Gàidhlig agus an sgioba Eadar-nàiseanta).
<p>Amas Àrd-Ìreil: Ag obair le Glaschu Beò agus buidhnean com-pàirteachais gus ro-innleachd ealain in-ghabhalach a thoirt gu buil, ag adhartachadh ùr-ghnàthachadh ann an ealain Ghàidhlig taobh a-staigh àrainneachd cànanin bailteil, sa bheil com-pàirteachadh coimhearsnachd, agus ionnsachadh cruthachail is gnìomhach.</p>				
Buaidh agus faicsinneachd air a neartachadh do ealain Ghàidhlig ann an Glaschu, a' gabhail a-steach lorg air guthan ùra Gàidhlig agus leasachadh air modalan obrach ùra.	Buileachadh Ro-innleachd nan Ealain Ghàidhlig (GAS) 2018-2022.	<p>Cumail sùil air, luachadh agus ath-sgrùdadh gnìomhachd ag èirigh bho Ro-innleachd làithreach nan Ealain Ghàidhlig, agus ag ullachadh an ath ath-thriall de Ro-innleachd nan Ealain Ghàidhlig.</p> <p>Leasachadh ro-innleachdan seasmhachd le Fèis Ghàidhlig Ghlaschu agus Ceòl is Craic.</p> <p>Co-obrachadh agus com-pàirteachadh le Aon Ghlaschu anns an leasachadh ro-innleachdail air Ealain Ghàidhlig sa bhaile.</p>	An Giblean 2028.	Sgioba Ealain is Ciùil Ghlaschu Beò, Riochdaire nan Ealain Ghàidhlig.

OFFICIAL

OFFICIAL

		<p>Cur ri ro-innleachdan ionadail is nàiseanta a thaobh nan amasan sa phlana nàiseanta do na h-Ealain Ghàidhlig.</p> <p>Cur taic ri prògram ealain Ghlaschu Beò, a' gabhail a-steach am prògram Neach-ealain air Mhuinntireas den Phrògram Còmhnaidheachd Nàiseanta.</p>		
ADHARTACHADH ÌOMHAIGH DHEIMHINEACH DON GHÀIDHLIG (leantainn)				
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
<p>Amas Àrd-Ìreil: Meudachadh faicsinneachd na Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle Baile Ghlaschu agus Glaschu Beò.</p>				
<p>Mothachadh a' meudachadh don Phlana Ghàidhlig tarsainn nan Seirbheisean agus ALEOan uile.</p>	<p>Am Plana Gàidhlig air fhoillseachadh air làrach-lìn na comhairle agus làrach-lìn Glaschu Beò, agus air adhartachadh air sianalan mheadhanan sòisealta aig àm foillseachaidh.</p>	<p>Stèidheachadh aontaidhean ìrean Seirbheis gus an gabh Stiùirichean uallach airson libhrigeadh air amasan agus gnìomhan a' Phlana Ghàidhlig seo.</p> <p>Cur air dòigh seiseanan goirid fiosrachaidh le àrd-mhanaidsearan, frithealadh choinneamhan sgioba agus seiseanan leasachaidh proifeiseanta, gus prìomh theachdaireachdan agus</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir, Seirbheisean Uile.</p>

OFFICIAL

OFFICIAL

		gealltanasan a' Phlana a shruthadh sìos gu luchd-obrach uile.		
Faicsinneachd mheudaichte air Gàidhlig ann an soidhnichean agus ann am prìomh fhoillseachaidhean (air-loidhne agus air pàipear).	Tha beagan dà-chànanas Gàidhlig is Beurla ann am foillseachaidhean corporra cuimsichte air Gàidhlig, air cuid de shoidhneachd dhà-chànanach (a-staigh agus a-muigh) tarsainn Seòmraichean a' Bhaile, air a' mhòr-chuid de shoidhnichean dà-chànanach a-staigh agus a-muigh aig togalaichean Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig agus aig beagan sgoiltean tro Mheadhan na Beurla.	Adhartachadh agus neartachadh dhealasan a thaobh faicsinneachd na Gàidhlig a chaidh aontachadh mar-thà, a' gabhail a-steach an riatanas air barrachd dà-chànanas ann am foillseachaidhean corporra agus air soidhneachd dà-chànanach mar a bhios sinn ag ath-ùrachadh no ag ionadachadh soidhneachd air feadh a' bhaile. Dèanamh mion-sgrùdadh air solar soidhneachd dhà-chànanach a tha an làthair, le sgioba nan oighreachdan. Aontachadh leudachadh nas fharsainghe agus plana buileachaidh airson	Leantainneach	Roinn an Àrd-Oifigeir, Seirbheisean Thogalaichean is Fearann (PALS).

OFFICIAL

OFFICIAL

		soidhneachd dhà-chànanach tarsainn na comhairle fharsaing agus oighreachd ALEO.		
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
Cleachdadh meudaichte air stiùiridhean brandd Gàidhlig agus an gnìomhadh tarsainn nan Seirbheisean uile agus Glaschu Beò.	Stiùiridhean corporra air an ath-sgrùdadh ann an 2020 gus gealltanasan a thaobh cleachdadh na Gàidhlig, a ghabhail a-steach.	Mothachadh a mheudachadh don ghealltanas Ghàidhlig sna stiùiridhean corporra agus sùil a chumail air a ghnìomhadh le fòram Chonaltraidhean Seirbheis na comhairle.	Leantainneach	Roinn an Àrd-Oifigeir, Seirbheisean Uile.
Faicsinneachd na Gàidhlig a chumail suas ann an aithisg coileanaidh bhliadhnail na comhairle.	Geàrr-iomradh air coileanadh seirbheis Ghàidhlig agus eadar-theangachadh Gàidhlig anns an aithisg coileanaidh bhliadhnail 2019-20.	Dèanamh cinnteach gu bheil geàrr-iomradh dà-chànanach air coileanadh seirbheis Ghàidhlig anns gach aithisg coileanaidh bhliadhnail.	Leantainneach	Roinn an Àrd-Oifigeir, Seirbheisean Uile.

OFFICIAL

OFFICIAL

<p>Cleachdadh agus mothachadh meudaichte do ghoireasan Gàidhlig ann an leabharlannan, còmhla ri ìre conaltraidh àrdaichte le sgoiltean Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig, le solaraichean foghlaim, ciùil agus litreachais mar Comhairle nan Leabhraichean, agus le luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus luchd-labhairt dùthchasach.</p>	<p>Beagan conaltraidh le sgoiltean coimhearsnachd ionadail agus le Comhairle nan Leabhraichean.</p>	<p>Meudachadh ceangal eadar Seirbheisean Leabharlainn Ghlaschu Beò, sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig agus Comhairle nan Leabhraichean, gus raon nas fharsainge de ghoireasan freagarrach a sholarachadh, cruinneachaidhean òigridh a chruthachadh ann an coimhearsnachdan faisg air sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig, agus tadhalan clas a phlanadh gus taic a chur ri leasachadh cànanain agus leughadh dà-chànanach.</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Glaschu Beò (Prìomh Leabharlannaichean, Sgioba-stiùiridh Leabharlainn is Coimhearsnachdan, Sgioba Obraichean Leabharlainnean).</p>
<p>Buil Mhiannaichte</p>	<p>Cleachdadh Làithreach</p>	<p>Gnìomhan Riatanach</p>	<p>Ceann-latha Targaid</p>	<p>Uallach</p>
<p>In-ghabhail air tachartasan Gàidhlig ann am Mìosachan Leughaidh Leabharlannan Ghlaschu Beò, a' gabhail a-steach prògram na fèise agus taisbeanaidhean a' Mhitchell agus adhartachadh àbhaisteach.</p>	<p>Tha Glaschu Beò (Leabharlannan) a' gabhail a-steach beagan subsaint Ghàidhlig sa phrìomh chruinneachadh ann an Leabharlann Phartaig, ann an Aye Write agus Wee Write agus ann an taisbeanaidhean a tha a' cur taic ri pròiseactan sònraichte leithid pròiseact Ealain Ghàidhlig aig COP26.</p>	<p>Gealltanasan làithreach a libhrigeadh do thachartasan leithid Aye Write agus Wee Write, agus tachartasan Gàidhlig eile a phlanadh agus adhartachadh gus am fighe a-steach do Mhìosachan Leughaidh Ghlaschu Beò, a' gabhail a-steach prògram na fèise, taisbeanaidhean Mitchell agus adhartachaidhean àbhaisteach.</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Glaschu Beò (Prìomh Leabharlannaichean, Sgioba-stiùiridh Leabharlainn is Coimhearsnachdan, Sgioba Obraichean Leabharlainnean).</p>

OFFICIAL

5.2 AMASAN/BUILEAN SEIRBHEIS CHORPORRA

A thuilleadh air na h-Amasan Àrd-Ìreil, tha Bòrd na Gàidhlig air seata de dh'Amasan/Builean Seirbheis Chorporra a leasachadh a chaidh a sgaoileadh gu Comhairle Baile Ghlaschu mar phàirt den fhios fhoirmeil a thaobh Plana a dheasachadh.

Tha na h-Amasan/Builean Seirbheis Chorporra stèidhichte air eòlas Bhòrd na Gàidhlig air planaichean Gàidhlig aontaichte gu ruige seo, leis an amas air prìomh sheirbheisean Gàidhlig a chunbhalachadh tarsainn na roinne poblaich.

Prionnsapalan thar-chuimseach

Tha seata de phrionnsapalan ann cuideachd a thathar a' sùileachadh do dh'ùghdarrasan, a' gabhail a-steach Comhairle Baile Ghlaschu, a chur an gnìomh an lùib nan seirbheisean uile a thathar a' solarachadh. Is iad sin:

- **Spèis Cho-ionann**

Dealasan a' Phlana Ghàidhlig air an lìbhrigeadh aig inbhe cho-ionann san dà chuid Gàidhlig agus Beurla.

- **Tairgse Ghnìomhach**

Ceumannan practaigeach gus a dhèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach agus am poball air am fiosrachadh gu cunbhalach mu na cothroman uile a tha an làthair airson Gàidhlig a chleachdadh ann an obair an ùghdarras phoblaich.

- **Treas Phàrtaidhean**

Dèanamh cinnteach gu bheil Buidhnean Gnìomha aig Astar agus cunnraidhean eile a' cuideachadh le plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich a lìbhrigeadh.

- **Àbhaisteachadh**

Tha dealasan a' phlana Ghàidhlig gan àbhaisteachadh taobh a-staigh structaran an ùghdarras phoblaich rè ùine, le cothroman air Gàidhlig fhàs taobh a-staigh bhuidseatan làithreach gam meas an-còmhnaidh.

- **Pàrantachadh Corporra**

Gu bheil an t-ùghdarras mothachail do na dleastanasan a tha aig Pàrant Corporra dèanamh cinnteach gum faigh clann agus daoine òga fo chùram agus luchd-fàgail cùraim le Gàidhlig na cothroman ceudna riuthasan le cànanan eile.

OFFICIAL

Amasan/Builean Seirbheis Chorporra

Tha Amasan/Builean Seirbheis Chorporra a' toirt iomradh air a' chleachdadh làithreach, na gnìomhan a tha a dhìth gus an t-amas/buil a choileanadh, raointean-ama agus cò an sgioba air am bi an t-uallach airson na gnìomhan adhartachadh. Far a bheil amas/buil air a choileanadh agus ga libhrigeadh, bu chòir don phlana seo innse fon chleachdadh làithreach. Far nach eil an t-amas/buil air a choileanadh, bu chòir don phlana innse ciamar agus cuin a thachras seo, fiù ged a bhiodh e seachad air beatha a' phlana làithreach agus / no mar phàirt de phròiseasan ath-ùrachaidh san àm ri teachd.

Bidh adhartas a dh'ionnsaigh libhrigeadh air Amasan/Builean Seirbheis Chorporra na phrìomh phàirt de riatanasan Sgrùdaidh Bliadhnail a' Bhùird.

Thathar a' sùileachadh do dh'ùghdarrasan poblach uile, a' gabhail a-steach Comhairle Baile Ghlaschu, dèiligeadh ri Amasan/Builean Seirbheis Chorporra uile nam Planaichean Gàidhlig.

Nar deasachadh air a' Phlana seo, chuir Comhairle Baile Ghlaschu agus Oilthigh Ghlaschu beagan rannsachaidh an gnìomh do chom-pàirteachas Aon Ghlaschu gus prìomhachasan coimhearsnachd don Ghàidhlig ann an Glaschu, a chomharrachadh. Bha co-chuid àrd de na beachdan is teachdaireachdan buailteach cuimseachadh air an dìth cothruim air a' chànan fhaicinn agus a chluinntinn mu thimcheall a' bhaile.

Tha e soilleir gu bheil iarrtas a' sìor fhàs airson seirbheisean Gàidhlig ann an Glaschu. Le bhith a' libhrigeadh nan Amasan/Builean Seirbheis Chorporra sin, dh'fhaodadh gun cuidicheadh sinn le dèiligeadh ri co-dhiù cuid de na h-easbaidhean san t-seirbheis a thug luchd-còmhnaidh a' bhaile am follais agus teachdaichean eile de Chomhairle Baile Ghlaschu agus Glaschu Beò.

OFFICIAL

1. Inbhe

Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
<p>1.1 Suaicheantas</p> <p>Ag amas air an t-suaicheantas chorporra a nochdadh ann an Gàidhlig is Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ath-ùrachaidh.</p>	<p>Suaicheantas aon-chànanach (Beurla) ann an cleachdadh tarsainn nan seirbheisean uile.</p>	<p>Cuiridh sinn suaicheantas dà-chànanach (Beurla is Gàidhlig) an sàs aig a' chiad chothrom a tha ri fhaotainn air an t-suaicheantas chorporra atharrachadh.</p> <p>Bidh conaltradh ràitheil an gnìomh tarsainn nan Seirbheisean agus ALEOan uile mu riathanasan na Gàidhlig a tha anns na Stiùiridhean Brannnd Corporra ath-ùraichte.</p> <p>Nì sinn mion-sgrùdadh air agus an uair sin cumaidh sinn sùil air gnìomhadh na Gàidhlig anns na Seirbheisean is ALEOan uile.</p> <p>Gabhaidh sinn a-steach Gàidhlig anns na suaicheantasan is branndan a bhios ag adhartachadh prìomh thachartasan sa bhaile.</p>	<p>Cho luath 's a tha e comasach.</p> <p>Ràitheil agus leantainneach.</p> <p>Bliadhnail</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir (sgìoba Conaltraidh agus sgioba Leasachaidh na Gàidhlig).</p>
<p>1.2 Soidhneachd</p> <p>Bidh Gàidhlig agus Beurla ann an soidhnichean follaiseach mar phàirt de phròiseas ath-ùrachaidh sam bith.</p>	<p>Tha soidhneachd dà-chànanach na àite mar-thà ann agus mu thimcheall cuid de thogalaichean Seòmraichean a' Bhaile. Tha soidhnichean dà-chànanach am follais air sgoiltean tro Mheadhan</p>	<p>Nuair a bhios soidhneachd làithreach ga ionadachadh no soidhneachd ùr air a stàlachadh air togalach comhairle no ALEO, bidh an soidhneachd uile dà-chànanach (Beurla agus Gàidhlig).</p> <p>Thèid mion-sgrùdadh air soidhnichean làithreach a chur an gnìomh.</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir, Seirbheisean Thogalaichean is Fearainn (PALS).</p>

OFFICIAL

	na Gàidhlig agus goireasan foghlaim, a-staigh agus a-muigh.	Bheir sinn a-steach soidhnichean ùra dà-chànanach tarsainn làraichean eile, a' gabhail a-steach cuid de phrìomh rathaidean is shràidean a' bhaile, pàircean agus àiteachan poblach, agus aig làraichean còmhdaidh poblach iomchaidh.		
--	---	--	--	--

2. Conaltradh leis a' phoball				
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
<p>2.1. Adhartachadh</p> <p>Teachdaireachd dheimhinneach gu bheil conaltradh bhon phoball ann an Gàidhlig an-còmhnaidh di-beathte.</p>	<p>Luchd-obrach le Gàidhlig a' conaltradh gu labhairteach no ann an sgrìobhadh ann an Gàidhlig no Beurla. Bidh cuid de luchd-obrach agus buill thaghte gun Ghàidhlig, a' cleachdadh bannan-coise dà-chànanach air post-d, teachdaireachdan a-mach às an oifis agus facail bunaiteach fàilte.</p>	<p>Bheir sinn teachdaireachd bann-coise dà-chànanach gu buil don luchd-obrach agus do bhuill thaghte uile, gu bheil "Gàidhlig air a labhairt agus di-beathte ann an Glaschu".</p> <p>Bheir sinn sreath de theachdaireachdan goirid bhidio fòn gu buil, a' nochdadh raon de luchd-obrach ag adhartachadh teachdaireachd fhàilteach inghabhalach mu Ghàidhlig, agus an uair sin gam foillseachadh air cunntasan mheadhanan sòisealta.</p>	Leantainneach	Seirbheisean is ALEOan uile.
<p>2.2 Conaltradh Sgrìobhte</p> <p>Thèid gabhail an-còmhnaidh ri conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus thèid</p>	<p>Is e ar poileasaidh làithreach gabhail ri agus freagairt a thoirt ann an Gàidhlig do chonaltradh sam bith a gheibhear ann an Gàidhlig. Nuair nach eil neach-labhairt Gàidhlig ri fhaotainn, tha</p>	<p>Leanaidh sinn air adhart leis a' phoileasaidh làithreach, ach meudaichidh sinn adhartachadh agus mothachadh do cheumannan a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil seo agus</p>	Leantainneach	Seirbheisean uile le taic bho Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgioba Leasachaidh na Gàidhlig).

OFFICIAL

OFFICIAL

<p>freagairtean a thoirt seachad ann an Gàidhlig ann an co-rèir ri poileasaidh coitcheann.</p>	<p>na conaltraidhean sin gan cur airson freagairt chun an Oifigeir Leasachaidh Gàidhlig no co-obrichean eile le Gàidhlig.</p>	<p>amasan corporra Gàidhlig eile air an tuigsinn nas fheàrr tarsainn nan Seirbheisean uile, agus gan gnìomhachadh a rèir sin.</p> <p>Bheir sinn gu buil agus sgaoilidh sinn mar a chaidh iarraidh, eisimpleirean de bhannan-cinn is bhannan-coise puist-d don luchd-obrach agus do bhuill thaghte uile.</p> <p>Bheir sinn teachdaireachdan dà-chànanach puist-gutha mar a dh'iarrar do luchd-obrach is buill thaghte.</p>		
<p>2.3. Fàilteachas agus fòn</p> <p>Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig comasach air an t-seirbheis seo a thoirt seachad, gheibh iad taic le sin a dhèanamh agus tha an t-seirbheis ga h-adhartachadh don phoball.</p>	<p>Tha sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig uile a' fastadh neach le Gàidhlig le dleastanasan fàilteachaidh is fòn.</p>	<p>Leanaidh sinn air adhart leis an t-suidheachadh a th' againn ach cuiridh sinn fiosrachadh a bharrachd do na pasgain trusaidh gur e sgil riatanach a th' ann an Gàidhlig airson dreuchdan le Gàidhlig, agus gum biodh e na sgil ion-mhiannaichte ann an dreuchdan eile a' dèiligeadh ri teachdaichean.</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Seirbheisean uile (HR agus sgiobaidhean Leasachaidh Buidhinneil).</p>

OFFICIAL

OFFICIAL

		Solaraidh sinn cùrsa trèanaidh sgilean Gàidhlig bunaiteach ach cuimsichte air gnothachas, do Sheirbheisean Gnothachais Theachdaichean agus do luchd-obrach fàilteachaidh is luchd-obrach eile a' dèiligeadh aghaidh-ri-aghaidh le teachdaichean ann an Seirbheisean eile.		
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
2.4 Coinneamhan Poblach Tha cothroman air coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig gan rannsachadh agus air an adhartachadh an-còmhnaidh.	Is e Gàidhlig an cànan a thathar a' cleachdadh aig coinneamhan poblach nuair a tha Gàidhlig aig a' mhòr-chuid den luchd-èisteachd. Nuair nach eil aig an luchd-èisteachd ach Beurla, tha coinneamhan gan ruith ann am Beurla. Ach, aig coinneamhan poblach eile ann an Seòmraichean a' Bhaile, bidh	Leanaidh sinn air adhart leis a' phoileasaidh làithreach againn.	Leantainneach	Seirbheisean uile.

OFFICIAL

OFFICIAL

	seirbheis eadar-theangachaidh mar-aon ga thoirt seachad.			
--	--	--	--	--

4. Fiosrachadh				
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
<p>3.1 Brathan Naidheachd</p> <p>Tha brathan naidheachd àrd-ìomhaigheil agus brathan naidheachd uile co-cheangailte ri Gàidhlig air an cuairteachadh san dà chuid Gàidhlig agus Beurla.</p>	<p>Tha brathan naidheachd mu chùisean Gàidhlig, gu tric mu Fhoghlam, dà-chànanach. Tha oifigeir le Gàidhlig air ainmeachadh gus labhairt ris na meadhanan mar a bhios iomchaidh.</p>	<p>Leanaidh sinn air adhart leis a' phoileasaidh làithreach againn.</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgioba Leasachaidh na Gàidhlig agus sgioba Conaltraidh), Seirbheisean Foghlaim agus Glaschu Beò (Ealain).</p>
<p>3.2 Meadhanan Sòisealta</p> <p>Susbaint Ghàidhlig air a riarachadh gu cunbhalach tro na meadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de fhìor luchd-cleachdaidh agus luchd-cleachdaidh san amharc.</p>	<p>Chan eil puist mheadhanan sòisealta coitcheann ann an Gàidhlig no mu Ghàidhlig ach ainneamh air sianalan mheadhanan sòisealta na comhairle. Tha cunntas @GlasgowLangs aig twitter air a chleachdadh nas trice airson tuitean agus ath-thuitean Gàidhlig.</p>	<p>Bidh sinn nas ro-ghnìomhach a' planadh air tachartasan Gàidhlig adhartachadh agus fiosrachadh is naidheachdan Gàidhlig eile, agus meudaichidh sinn a cleachdadh air sianalan mheadhanan sòisealta eile.</p> <p>Cruthaichidh sinn sianalan ùra nuair a bheir ùine agus</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgioba Leasachaidh na Gàidhlig agus sgioba Conaltraidh).</p>

OFFICIAL

OFFICIAL

		maoineachadh cothrom dhuinn, a' gabhail a-steach sianal Gàidhlig Youtube.		
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
<p>3.3 Làrach-lìn</p> <p>Bu chòir do shusbaint Ghàidhlig a bhith ri fhaotainn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam ga chur air na duilleagan leis an ruigsinneachd san amharc as àirde.</p>	<p>Tha susbaint cuibhrichte gu aon duilleag air làrach-lìn na Comhairle agus mar an ceudna air làrach-lìn Ghlaschu Beò. Chan eil susbaint ga cumail suas ann an seagh cunbhalach.</p>	<p>Ath-ùraichidh agus leudaichidh sinn duilleag Ghàidhlig na comhairle, agus bheir sinn a-steach barrachd susbaint bhidio. Nì sinn cinnteach gum bi susbaint Ghàidhlig air ath-ùrachadh gu cunbhalach.</p> <p>Adhartaichidh sinn an làrach tro shianalan mheadhanan sòisealta.</p> <p>Bheir sinn làrach-lìn ùr gu buil do dh'iomairt Aon Ghlaschu.</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgioba Leasachaidh na Gàidhlig)</p>
<p>3.4 Foillseachaidh Corporra</p> <p>Air a thoirt gu buil ann an Gàidhlig agus Beurla, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan leis an ruigsinneachd san amharc as àirde.</p>	<p>Bha Plana Gàidhlig na comhairle gu o chionn ghoirid mar an aon sgrìobhainn chorporra a bhathar a' toirt gu buil gu dà-chànanach. Ach bha duilleag dhà-chànanach</p>	<p>Comharraichidh sinn, còmhla ri co-oibrichean poileasaidh corporra, foillseachaidhean eile a bhiodh freagarrach airson eagrain ann an Gàidhlig, gu h-</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgioba Leasachaidh na Gàidhlig)</p>

OFFICIAL

OFFICIAL

	anns an Aithisg Coileanaidh Bhladhna 2020-21, mu dheidhinn coileanadh na comhairle ann an libhrigeadh sheirbheisean Gàidhlig.	iomlan no ann an cruth gearr-iomraidh.		
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
3.5 Taisbeanaidhean Bu chòir do chothroman air taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig, a bhith air an rannsachadh gu cunbhalach, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan leis an ruigsinneachd san amharc as àirde.	Chaidh seiseanan a libhrigeadh gus susbaint a chruthachadh, mar eisimpleir taisbeanadh air-loidhne a bha air a leasachadh ann an co-obrachadh le teaghlaichean agus coimhearsnachdan ann an Uibhist a Deas, agus ceangal ri dithis luchd-ealain air an riochdachadh ann an cruinneachaidhean Thaighean-tasgaidh Ghlaschu.	Bheir sinn stiùiridhean gu buil airson cleachdadh na Gàidhlig ann an taisbeanaidhean far a bheil Gàidhlig follaiseach mar chuspair.	Leantainneach	Glaschu Beò (Taighean-tasgaidh).
	Chaidh susbaint a chruthachadh airson taisbeanadh coimhearsnachd ann an Talla	Solaraidh sinn taisbeanadh coimhearsnachd ùr Gàidhlig ann an Talla Cheilbhinn, ag obair le	Leantainneach	Glaschu Beò (Taighean-tasgaidh)

OFFICIAL

OFFICIAL

	Cheilbhinn aig àm a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail 2019.	sgoiltean Gàidhlig agus a' choimhearsnachd Ghàidhlig fharsaing.		
	Chaidh bùithtean-obrach a libhrigeadh ann an Gàidhlig mar thaic don dealbh de Mungo Moireach, le taic bho bhuidheann Gàidhlig Ghlaschu Beò.	Rannsaichidh sinn comas air taisbeanadh ùr co-cheangailte ri Gàidhlig agus leasaichidh sinn tairgse maoinachaidh le Fòram Gàidhlig Ghlaschu Beò.	Leantainneach	Glaschu Beò (Taighean-tasgaidh) Fòram Gàidhlig Ghlaschu Beò.

4. Luchd-obrach				
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
<p>4.1 In-sgrùdadh</p> <p>Cur an gnìomh mion-sgrùdadh a-staigh de sgilean Gàidhlig agus feumalachdan trèanaidh tro bheatha a' phlana.</p>	<p>Tha mion-sgrùdadh air sgilean Gàidhlig dèante gach dà no trì bliadhna thar nan deich bliadhna mu dheireadh. Tha e air a bhith feumail an sgrùdadh amalachadh le suirbhìdh gus feumalachdan ionnsachaidh luchd-obrach a chomharrachadh, a' ceadachadh dhuinn trèanadh a sholarachadh a tha cuimsichte air an neach-frithealaidh.</p>	<p>Cuidichidh toraidhean an sgrùdaidh sgilean 2022 (crìochnaichte as t-Earrach 2022) sinn le cothroman ionnsachaidh nas iomchaidh a thoirt seachad do luchd-obrach.</p> <p>Bheir sinn suirbhìdhean sgilean Gàidhlig agus feumalachdan trèanaidh gu buil gach bliadhna, airson a' chòrr de bheatha a' Phlana seo.</p>	<p>Bliadhnail</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgìoba Leasachaidh na Gàidhlig)</p>

OFFICIAL

OFFICIAL

<p>4.2 Inntriageadh</p> <p>Eòlas air plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich air a ghabhail a-steach do dh'inntrigidhean luchd-obrach ùr.</p>	<p>A thuilleadh air dreuchdan Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig, chan eil Gàidhlig na pàirt de phròiseas fharsaing inntrigidh luchd-obrach.</p>	<p>Gabhaidh sinn a-steach fiosrachadh mu Ghàidhlig ann an stuthan trusaidh agus inntrigidh do luchd-obrach ùr uile, chan ann dìreach do luchd-obrach Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig.</p> <p>Fritheilidh sinn coinneamhan inntrigidh do luchd-obrach ùr mar agus nuair a thèid sin iarraidh.</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Seirbheisean uile (Ceannard HR)</p>
<p>Buil Mhiannaichte</p>	<p>Cleachdadh Làithreach</p>	<p>Gnìomhan Riatanach</p>	<p>Ceann-latha Targaid</p>	<p>Uallach</p>
<p>4.3 Trèanadh Cànain</p> <p>Trèanadh agus leasachadh sgilean Gàidhlig ga thairgsinn do luchd-obrach, gu h-àraid a thaobh buileachadh air plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.</p>	<p>Tha trèanadh sgilean Gàidhlig, cothroman ionnsachaidh, seiseanan blasaid agus clasaichean, rim faotainn le luchd-obrach bho 2010. Rè galair-sgaoilte Covid, ghluais ionnsachadh air-loidhne agus bha àireamhan àrd.</p>	<p>Bheir sinn seachad cothroman ùra a' cleachdadh a' chùrsa ùr nàiseanta, Speak Gaelic.</p> <p>Thèid sinn ann an com-pàirteachas a-rithist le Glaschu Beò agus solaraidhean eile airson blasadan is clasaichean a</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgioba Leasachaidh na Gàidhlig), Glaschu Beò (Co-òrdanaiche</p>

OFFICIAL

OFFICIAL

		<p>libhrigeadh do luchd-obrach aig gach ìre.</p> <p>Meudaichidh sinn ar n-adhartachadh air ionnsachadh Gàidhlig tro ar sianalan conaltraidh a-staigh.</p> <p>Leanaidh sinn air adhart a' solarachadh chothroman ionnsachaidh do luchd-obrach sna ALEOan agus do bhuill thaghte.</p> <p>Obraichidh sinn le co-oibrichean ionnsachaidh is leasachaidh gus cùrsa ùr Gàidhlig a ghabhail a-steach air àrd-ùrlar ionnsachaidh is leasachaidh ar luchd-obrach, GOLD.</p>		<p>Ionnsachadh Gàidhlig), Seirbheisean uile, (sgìobaidhean Leasachaidh Pearsanta / Buidhinneil).</p>
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
<p>4.4 Trèanadh Mothachaidh</p> <p>Trèanadh ann am mothachadh don Ghàidhlig ga thabhann do luchd-obrach, le prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill bùird,</p>	<p>Chan eil e air a bhith comasach dhuinn seisean Mothachaidh don Ghàidhlig a libhrigeadh cho tric 's a bu mhat leinn, mar thoradh air</p>	<p>Bidh sinn a' tabhann seiseanan Mothachaidh don Ghàidhlig le solaraiche bhon taobh a-muigh air-loidhne tro Teams, do luchd-</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgìoba</p>

OFFICIAL

OFFICIAL

<p>comhairlichean agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh gu dìreach leis a' phoball.</p>	<p>cuibhreachaidhean COVID19, ìrean iarrtais nas ìsle, feumalachdan is cuideaman eile luchd-obrach.</p>	<p>obrach le goireas coimpiutair, gus an t-àm a bhios a' mhòr-chuid de luchd-obrach air tilleadh chun an àite obrach.</p> <p>Solaraidhidh sinn seiseanan ùra Mothachaidh don Ghàidhlig gu pearsanta, nuair a bhios a' mhòr-chuid de luchd-obrach air tilleadh chun an àite obrach.</p> <p>Coimiseanaidh sinn cùrsa ùr mothachaidh don Ghàidhlig a bhios a dh'aon ghnothaich, airson a chleachdadh air an àrd-ùrlar ionnsachaidh is leasachaidh do luchd-obrach, GOLD.</p>		<p>Leasachaidh Buidhinneil).</p>
<p>4.5 Trusadh</p> <p>Aithneachadh agus toirt spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseis trusaidh.</p> <p>Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus / no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach, gus am plana Gàidhlig a libhrigeadh agus ann an co-rèir ri comhairle trusaidh Bhòrd na Gàidhlig.</p>	<p>Chan eil buannachdan farsaing a bhith a' trusadh luchd-obrach le Gàidhlig no sgilean cànan eile, a' faighinn aithne sa phròiseas trusaidh. Chan eil aithne ga thoirt do sgilean Gàidhlig ach a-mhàin le dreuchdan sònraichte Gàidhlig.</p> <p>Chan eil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach no ion-mhiannaichte ach a-mhàin le dreuchdan sònraichte Gàidhlig.</p>	<p>Bheir sinn fiosrachadh do thagraichean uile mu ar dleastanasan mar ùghdarras ionadail, a thaobh aithne agus spèis a thoirt don Ghàidhlig agus sgilean Gàidhlig thagraichean, a dh'aindeoin na dreuchd do bheil iad a' tagradh.</p> <p>Cuiridh sinn an gnìomh stiùireadh trusaidh Bhòrd na Gàidhlig do</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Seirbheisean Uile (Ceannard HR) / Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgioba Leasachaidh na Gàidhlig).</p>

OFFICIAL

OFFICIAL

<p>Sanasan obrach dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin a thaobh dhreuchdan uile far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.</p>	<p>Tha sanasan obrach uile do dhreuchdan le Gàidhlig mar sgil riatanach, air am foillseachadh gu dà-chànanach.</p>	<p>luchd-obrach le Gàidhlig, (mar a tha air inne san ceangal seo)</p> <p>Leanaidh sinn air adhart ag adhartachadh dhreuchdan le Gàidhlig riatanach, gu dà-chànanach.</p> <p>Bheir sinn seachad stiùireadh corporra do roinnean HR na Seirbheis uile mu ar poileasaidh trusaidh is adhartachaidh airson dhreuchdan le Gàidhlig riatanach no Gàidhlig ion-mhiannaichte, agus an fheum air aithne agus spèis a thoirt do sgilean Gàidhlig thagraichean, a dh'aindeoin feum sònraichte sam bith air sgilean Gàidhlig ann an dreuchd.</p>		
---	--	--	--	--

5. Corpas na Gàidhlig				
Buil Mhiannaichte	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan Riatanach	Ceann-latha Targaid	Uallach
<p>5.1 Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig</p> <p>Bidh an Gnàthachas Litreachaidh Gàidhlig as ùire ga leantainn a thaobh stuthan sgrìobhte uile air an toirt gu buil leis an ùghdarras phoblach.</p>	<p>Tha sinn a' leantainn a' Ghnàthachas Litreachaidh Gàidhlig as ùire nar foillseachaidhean.</p>	<p>Cumaidh sinn a' leantainn a' Ghnàthachas Litreachaidh Gàidhlig as ùire nar foillseachaidhean.</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgìoba Leasachaidh na Gàidhlig).</p>

OFFICIAL

OFFICIAL

		Bheir sinn seachad iùl goirid air Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig san earrann Ghàidhlig de phrìomh làrach-lìn na comhairle, agus cuideachd air làraichean eadra-lìon a-staigh.		
5.2 Ainmean Àite				
Comhairle mu ainmean-àite ga shireadh bho Ainmean-Àite na h-Alba agus ga chleachdadh.	Dh'iarr sinn air Ainmean-Àite na h-Alba iùl a thoirt gu buil air ainmean sràide ann am Partaig airson ath-thriall tràth air a' Phlana seo, agus tha sinn glè mhothachail don t-seirbheis àrd-chàileachdail a tha iad a' solarachadh.	Obraichidh sinn le Oilthigh Ghlaschu gus <i>Ainmean-àite Gàidhlig Ghlaschu</i> adhartachadh, agus leis an Oilthigh is Ainmean-Àite na h-Alba air pròiseactan co-cheangailte eile.	Leantainneach	Roinn an Àrd-Oifigeir, (sgìoba Leasachaidh na Gàidhlig), Seirbheisean Thogalaichean is Fearainn (PALS).

OFFICIAL

6. CEANGLAICHEAN GU AN FHRÈAM COILEANAIDH NÀISEANTA

Tha am Frèam Coileanaidh Nàiseanta do dh'Alba air fad, ag amas air:

- dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh
- cothroman a thoirt do dhaoine uile a tha a' còmhnaidh ann an Alba
- sunnd nan daoine a' còmhnaidh ann an Alba a mheudachadh
- fàs seasmhach agus in-ghabhalach a chruthachadh
- neo-ionannachdan a lùghdachadh agus cudromachd cho-ionann a thoirt do dh'adhartas eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta

Tha am frèam a' mìneachadh bhuilean nàiseanta a tha a' nochdadh luachan agus àrd-amasan muinntir na h-Alba, co-thaobhaichte le Ceann-uidhe Leasachaidh Sheasmhach nan Dùthchannan Aonaichte agus cuideachadh le adhartas a leantainn ann an lùghdachadh neo-ionannachd.

Is e na builean nàiseanta, gu bheil daoine:

- fàs suas gràdhaichte, sàbhailte agus le spèis gus an coilean iad an làn chomais.
- còmhnaidh ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, cumhachdaichte, fulangach agus sàbhailte.
- cruthachail agus gu bheil an cultaran beòthail is ioma-dhòigheach air an cur an cèill le tlachd iomlan
- le eaconamaidh a tha farpaiseach gu cruinneil, tionnsgaineach, in-ghabhalach agus seasmhach.
- air an deagh oideachadh, sgileil agus comasach air cur ris a' chomann shòisealta.
- cur luach air, a' faighinn tlachd às, a' dìon agus a' neartachadh an àrainneachd aca.
- le gnothachasan a tha soirbheachail agus ùr-ghnàthach, le dreuchdan càileachdail agus obair chothromach aig gach neach.
- fallain agus gnìomhach.
- toirt spèis, a' dìon agus a' coileanadh chòraichean daonna agus beò saor bho leth-breith.
- fosgailte, ceangailte agus a' cur gu deimhinneach gu h-eadar-nàiseanta.
- dèiligeadh ri bochdainn le bhith a' co-roinn chothroman, beairteas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionanna.

Tha am frèam a' tomhas adhartas na h-Alba tro Chomharran Nàiseanta do Chlann is Dhaoine Òga, Coimhearsnachdan, Cultar, Eaconamaidh, Foghlam, Àrainneachd, Obair is Gnothachas Cothromach, Slàinte, Còraichean Daonna, Eadar-nàiseanta is Bochdainn.

OFFICIAL

Tha barrachd tracaidh agus tomhais a dhìth air mar a dh'fhaodas na dealasan sa Phlana Ghàidhlig seo cuideachadh leis na builean nàiseanta agus na comharran nàiseanta adhartachadh. Ach, bho rannsachadh an Eaconamaidh Ghàidhlig ann an Glaschu, chì sinn cuid de na dòighean sa bheil obair Ghàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu a' cur ris an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta.

OFFICIAL

- Tha sgoiltean Gàidhlig nan àrainneachdan gràdhach, sàbhailte agus spèiseil do chlann agus do dhaoine òga airson an làn chomais a choileanadh.
- Tha foghlam Gàidhlig, ionnsachadh agus gnìomhachdan cultarach in-ghabhalach, ioma-dhòigheach agus tarraingeach do na h-uile.
- Tha coileanadh sgoilearan a' fàgail Àrd-Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu nas fheàrr na sgoiltean coimeasach eile air feadh Alba, agus tha an ìre de chinn-uidhe dheimhinneach do luchd-fàgail glè àrd.
- Tha ìrean nas àirde de theisteanasan agus sgilean bho dhaoine le Gàidhlig, a' cur gu cudromach ri obair àrd-chàileachd, iomairt agus togail saidhbhreas coimhearsnachd.
- Tha meadhanan, foghlam agus gnìomhachdan cultarach Gàidhlig a' cur taic ri raon a tha a' sìor fhàs de dh'obraichean is iomairtean càileachdail is seasmhach.
- Tha tachartasan le ceangal Gàidhlig a' gabhail a-steach Celtic Connections, Piping Live, Farpaisean Pìobaireachd na Cruinne agus fèisean is tachartasan Gàidhlig eile a' tarraing luchd-tadhail eadar-nàiseanta a Ghlaschu.
- Dh'aithris mòran daoine gun robh Gàidhlig na prìomh eileamaid do mhòran luchd-tadhail eadar-nàiseanta agus gun robh Gàidhlig ag àrdachadh an turais.
- Tha ùidh agus tlachd shaoranaich ghnìomhach anns an àrainneachd nàdarra air àrdachadh tro bhith ag ionnsachadh ainmean-àite Gàidhlig.
- Tha ìrean gnìomhachd nas àirde ann an spòrs, ceòl, ealain agus coileanaidhean cultarach san sgoil agus sna meadhanan agus le obair chultarach.
- Tha àireamhan àrda ag aithris gu bheil buadhan mòra/cuibheasach na Gàidhlig air an slàinte inntinn is sunnd a leasachadh agus air an toileachas a mheudachadh.
- Tha GME agus ionnsachadh inbheach air a lìbhrigeadh ann agus tarsainn raointean bochdainn, coimhearsnachdan BAME agus àireamhan-sluaigh eile.
- Tha GME agus mòran chothroman is so-mhaoin chultarach is dualchais ruigsinneach do na h-uile air feadh Ghlaschu, a dh'aindeoin teachd-a-steach.
- Tha tachartasan agus fèisean Gàidhlig a' gintinn ùidh dhachaigheil is eadar-nàiseanta ann am baile-mòr os-nàiseanta, in-ghabhalach agus cruthachail.
- Tha àireamhan glè mhòr ag aithris gu bheil buadhan mòra/cuibheasach na Gàidhlig air an ùidh agus an uail a mheudachadh ann an Alba, le faireachdainn nas fheàrr de am fèin-aithne fhèin.

7. CEANGLAICHEAN GU FRÈAMAN IONADAIL IS ROINNEIL

Bha Plana Ro-innleachdail na Comhairle 2017 gu 2022 a' mineachadh nan cuspairean agus nan dealasan prìomhachais airson teirm 5 bliadhna na comhairle. B' e aon de na dealasan sin taic a chur ri libhrigeadh agus leasachadh a' Phlana Ghàidhlig.

Anns a' Phlana Ro-innleachdail tha aithris Luachan a tha a' gabhail a-steach uair na baile-mòr, a dhaoine, a dhualchas agus a ghoireasan. Tha Gàidhlig na prìomh eileamaid den seo agus tha an ceangal làidir a tha aig cànan is cultar na Gàidhlig ri Glaschu, air a thogail ann an Earrann 2 nas tràithe sa Phlana.

Thar beatha a' Phlana, gabhaidh sinn os làimh ar seirbheisean Gàidhlig a chlàradh agus am buaidh air Frèaman Coileanaidh, gu Plana Coimhearsnachd Ghlaschu agus gu frèaman ionadail is roinneil eile.

8. FOILLSEACHADH

Foillseachadh is follaiseachadh a' Phlana

A-STAIGH

Bidh an dreach (co-chomhairleachaidh) agus tionndaidhean aonta a' Phlana seo air am foillseachadh air làrach-lìn na comhairle agus Ghlaschu Beò agus cuideachd tro àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta na comhairle agus Ghlaschu Beò. Bidh cothroman air Gàidhlig ionnsachadh agus sgilean Gàidhlig a chleachdadh, còmhla ri fiosrachadh air sgrùdadh sgilean luchd-obrach agus clasaichean luchd-obrach, air an adhartachadh tro fhiosan luchd-obrach a-staigh.

A-MUIGH

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu 2023 gu 2028 fhoillseachadh ann an Gàidhlig is Beurla air làrach-lìn na comhairle agus air làrach-lìn Ghlaschu Beò. A thuilleadh air sin:

- sgaoilidh sinn brath naidheachd dà-chànanach a bhios ag ainmeachadh a' phlana
- foillsichidh sinn am plana tro mheasgachadh de dh'ùrlaran mheadhanan sòisealta
- sgaoilidh sinn lethbhreacan gu buidhnean aig astar agus buidhnean treas-phàrtaidh, a' mìneachadh na dreuchd a bhios aca ann an libhrigidh a' phlana
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana gu prìomh luchd-ùidhe anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus treas-earrann
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana gu buidhnean Gàidhlig buntainneach agus buidhnean eile le ùidh
- bidh lethbhreacan pàipeir rim faotainn le an iarraidh.

9. GOIREASACHADH A' PHLANA

Coileanaidh Comhairle Baile Ghlaschu riatanasan nan goireasan ionmhasail agus luchd-obrach airson a' Phlana seo bho na buidseatan a th' againn gu làithreach. Ma bhios barrachd taic a dhìth, cuiridh sinn tagraidhean maoinachaidh gu luchd-maoinachaidh air an taobh a-muigh mar agus nuair a bhios sin riatanach.

10. SGRÙDADH A' PHLANA

Thèid sùil a chumail air a' Phlana agus am Plana ath-sgrùdadh air bunait ràitheil le Buidheann nan Oifigearan Gàidhlig / Buidheann Buileachaidh a' Phlana Ghàidhlig. Cuiridh sinn aithisg bhliadhnail gun Sgioba Stiùiridh Chorporra agus gu buill thaghte, agus solaraichidh sinn aithisg adhartais bhliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig. Foillsichidh sinn aithisg Bhòrd na Gàidhlig air làrach-lìn na comhairle agus leanaidh sinn air adhart a' gabhail a-steach obair Fòram Gàidhlig Ghlaschu Beò taobh a-staigh raon-dleistanais Buidheann nan Oifigearan Gàidhlig.

AM PLANA GÀIDHLIG ANN AN COMHAIRLE BAILE GHLASCHU

Uallach iomlan don phlana

Tha an t-uallach iomlan airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Plana Ghlaschu air an Àrd-Oifigear, ris am faodar conaltradh mar a leanas:

Annemarie O' Donnell
Àrd-Oifigear
Comhairle Baile Ghlaschu
Seòmraichean a' Bhaile,
Ceàrnag Sheòrais, Glaschu G2 1DU

annemarie.odonnell@glasgow.gov.uk

Uallach don phlana bho latha gu latha

Tha uallach a thaobh libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu bho latha gu latha air Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig. Bu chòir ceistean mu ghnìomhadh a' phlana a chur gu:

Dòmhnall Mac a' Phì
Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
Roinn an Àrd-Oifigeir
Comhairle Baile Ghlaschu
Seòmraichean a' Bhaile,
Ceàrnag Sheòrais, Glaschu G2 1DU

Fòn: 0141 287 5940

donald.macphee@glasgow.gov.uk

Luchd-conaltraidh eile don Phlana:

Louise NicChoinnich
Manaidsear Buidhne
Roinn an Àrd-Oifigeir
Comhairle Baile Ghlaschu
Seòmraichean a' Bhaile,
Ceàrnag Sheòrais, Glaschu G2 1DU
Tel: 0141 287 3841

louise.mackenzie@glasgow.gov.uk

Donna NicIIEathain
Oifigear Phròiseactan Gàidhlig
Roinn an Àrd-Oifigeir
Comhairle Baile Ghlaschu
Seòmraichean a' Bhaile,
Ceàrnag Sheòrais, Glaschu G2 1DU

donna.maclean@glasgow.gov.uk

Buidheann buileachaidh is sgrùdadh a' Phlana Ghàidhlig

Chaidh Buidheann nan Oifigearan Gàidhlig air a stiùireadh leis an Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, a stèidheachadh ann an 2009. Tha uallach air a bhith air a' Bhuidheann airson leasachadh, buileachadh agus sgrùdadh nan trì Planaichean Gàidhlig mu dheireadh bho Chomhairle Baile Ghlaschu. Tha na buill a' riochdachadh roinn an Àrd-Oifigeir, Seirbheisean Foghlaim agus Glaschu Beò. Leanaidh na buill sin air adhart sna dreuchdan sin airson beatha a' Phlana ùir seo. Bidh sinn ag ath-sgrùdadh ballrachd a' bhuidhinn ann an 2023, a' brosnachadh bhuill ùra gu com-pàirt a ghabhail gus a dhèanamh cinnteach gum bi na ghabhas de roinnean agus de sgiobaidhean air an riochdachadh.

Conaltradh le luchd-obrach



Bidh Buidheann nan Oifigearan Gàidhlig a' conaltradh le co-obraichean taobh a-staigh an raointean seirbheis fa leth mar phàirt de an dleastanas airson a bhith a' sgrùdadh an lìbhrigidh. Mar an ceudna, fiosraichidh iad mu leasachaidhean is chothroman eile gus a bhith an sàs ann an leasachaidhean Gàidhlig, leithid sgrùdadh air sgilean luchd-obrach agus clasaichean ionnsachaidh Gàidhlig. Thèid an dreach agus am Plana aontaichte fhoillseachadh air làrach-lìn na comhairle agus adhartachadh tro shianalan conaltraidh a-staigh.



Buidhnean aig astar agus treas phàrtaidhean

Tha am buidheann aig astar as motha aig a' chomhairle, Glaschu Beò, a' com-pàirteachadh mar-thà ann an leasachadh agus libhrigeadh air seirbheisean Gàidhlig agus leanaidh sin tro bheatha an ath Phlana. Comharraichidh sinn dòighean air ar seirbheisean Gàidhlig adhartachadh gu buidhnean treas phàrtaidh eile agus broснаichidh sinn iad gu seirbheisean Gàidhlig iomchaidh a sholarachadh taobh a-staigh an raoin lìbhrigidh.

EÀRR-RÀDH 1

FOGLAM TRO MHEADHAN NA GÀIDHLIG ANN AN GLASCHU





OFFICIAL

EÀRR-RÀDH 2

Buidhnean an sàs ann an seòrsa air choreigin de lìbhrigeadh / taic do sheirbheis Ghàidhlig ann an Glaschu:

- Glaschu Beò – diofar sheirbheisean a' gabhail a-steach ionnsachadh coimhearsnachd do dh'inbhich agus do dhaoine òga, Ro-innleachd nan Ealain Ghàidhlig, seirbheisean Gàidhlig ann an taighean-tasgaidh, leabharlannan agus spòrs, agus Celtic Connections
- Oilthigh Ghlaschu – cùrsaichean Gàidhlig aig ìre ceum
- Oilthigh Shrath Chluaidh – trèanadh thidsearan Gàidhlig
- Colaiste Cheilbhinn Ghlaschu – cùrsaichean ionnsachaidh Gàidhlig gu ìre 5 SCQF
- An Lòchran – Adhartachadh ealain is cultar na Gàidhlig
- Theatre gu Leòr – companaidh theatar co-aimsireil Gàidhlig
- Comhairle nan Leabhraichean – Am prìomh bhuidheann airson litreachas Gàidhlig ann an Alba
- Comunn na Gàidhlig – Cruthachadh chothroman do dhaoine òga
- An Comunn Gàidhealach / Comataidh Mòd Ghlaschu – Eagraiche Mòd Ionadail Ghlaschu
- Fèis Ghàidhlig Ghlaschu – Lìbhrigeadh bhùithtean-obrach ciùil is ealain Ghàidhlig
- MG ALBA / Film G – farpais dèanamh fhilmichean Gàidhlig – seirbheis dhuaisean air aoi gheachd ann an Glaschu
- Ceòl is Craic – Ionad sòisealta do chultar na Gàidhlig
- An Comunn Oiseanach – comann Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu
- Taigh na Gàidhlig – prògram còmhnaidheachd oileanaich Ghàidhlig
- Spòrs Ghlaschu – adhartachadh spòrs tro mheadhan na Gàidhlig
- Riaghaltas na h-Alba
- Bòrd na Gàidhlig
- Ùghdarras Theisteanas na h-Alba
- Foghlam Alba
- Nàdar Alba / Dualchas Nàdarra na h-Alba
- Leasachadh Sgilean na h-Alba
- Visitscotland
- Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
- Iomairt na h-Alba